


NATIONAL  
LIBRARY  
OF SCOTLAND

KK.7/1



Digitized by the Internet Archive  
in 2012 with funding from  
National Library of Scotland



LEABHAR-CEIST

NA

MATHAIR

DO'N

LEANABH OG

NO

REAMH-CHUIDDEACHA

Do dhaoine òg ain-eolach chum 'sgu b' àishte  
ichte dhoibh Leabhar-aith-ghearr Ceist na  
HEAGLAISH a thuigfin.

GNA-FHOC. xxii. 6. *Toir eolas do leanabh air  
an tslighe ann còir dho gluasachd, agus  
'n uair a thig e gu banish cho deillich e r'i.*

HOSEA iv. 6. *Ata mo phobulls' air doll  
a mugha dhi eolais.*

Le J. W. Minister an t foisgeul ag Dundee.

Clo-bhuailt' san bheurla naoi uaire deug.

Agus anoish air na churr an GAILIC chum  
leas-coitcheann GAIDHEALTACHD ALBA.

Entered in Stationer's Hall.

Clo-bhuailt ann

GLASSACHA.

Gu feim JOIN ORR, agus a Choi'-pairtneir-  
ibh; agus r'a chreic ag a bhuth-san ann  
a margadh-an-t fallain, am bliadhna air  
TIGHEARNA. M DCC LII.

A D V E R T I S E M E N T .

**T**HAT JOHN ORR Book-feller in the Salt-mercat, GLASGOW, designs to print several practical Books in the High-land Language if hemeets with due Encouragement.

R A B H A D H .

**G**U bheill JOHN ORR fear chreic Leabh-airin ann an Margadh an tfallain ann a GLASSACHA toileach air cuid do Leabhraibh maith a chlo-bualadh ann san Channoin-Ghaidhealach mu bheirir deagh-mhisneach dho.



*Focall do Pharantaibh Criosuigh.*

A MHUINTIR IONMHUINN ANN A CRIOST,

**T**HUGAIBH fanear gu bheil curam anamaibh oir' bhs' co-maith re Ministheribh. Agus mu ni sibhs' air cuidd fein, bithigh obbair na Ministheribh, àisheach agus sòlasach dhoibh c'a taitneach a bhithigh e searmoin a dheanadh dhoibh, agus a bhi Ceasnacha na h aittim shin ata air nan ullabhacha roimh-laimh le teagasg an Parantaibh! oir ata, 'n aittim shin foi'-theagasgte, agus 'ta cionn agus tuigse aca air na cinn-theagasg ata iad ag eifdeachd. Ach mu mhothuicheas sinn daoine ain-eolach neimh-charrantach, feadaidh sinn a bhuidheachas a dheanadh air Parantaibh mi-churamach, O Pharantaibh, ata lagh Dhe agus natuir, agus air bòidibh fein ann an am baistigh, 'gar ceangal a bhi dileisn ann a foghlum air cloinn' òga, an bheil gaol ag'ibh air ar clann, agus an treoruigh sibh iad gu dìreach chum ifrionn agus damnuidhe? O! deir sibh nar leigidh Dia shin, ach an fead sibh a dheanadh air mhodh is eifeachdaigh, na bhi 'gan tog'ail suas ann an ain-eolas agus neimh-dhiadhachd? an bheil sibh ag faicfin air cloinne bho chd air bhruach furnaish uamhann theinnidh, agus a bhi co-neimh-throcaireach 'sgun rabhadh thoirt dhoibh air? an bheil sibh curamach ann a biadh a shollar do'n cuirp bhàs-mhor agus nach sollair sibh' h ni fa bith do'n anamaibh is eigin a bhi beo gu fìorruidhe? an bheil sibh ag teagasg dhoibh caint agus coifseachd, agus nach teagasg sibh dhoibh lassairibh teinne ifrionn a sheachnadh? O Pharantaibh! am bu mhiann leibh a bhi saor O fhuill air cloinne? deanaibh urnuighe air an-son gu diambair, agus maille reu

fein, agus leigibh dhoibh fhaicfin air mor-churam ar-son maith an anamaibh, cummaibh fo'-chois gach droch-ni ionta co'-luath 'sa chitear e. Teagaisgibh dhoibh gur he Dia is ughdar do'n uille thiolaicigh; agus uime shin gur eigin dhoibh beannachagh iarraidh do'm biadh, agus buidheachas thoirt dho-san air a shon, teagaisgibh dhoibh urnuighe dheanadh, agus cuirribh huige iad, moch agus an-moch, gach la, ach ni's trice air la an Tighearna, agus chum cuiddeachagh leibhs' agus leo-san araon ann sa chuis sho, sgrìobh mishe an leabhrann sho a leannas: biodh aon dibh aig gach leanabh oir cuiddeachaigh e leabhar aith-ghèarr nan Ceist a mhineacha dhoibh, follairibh Bioblaibh dhoibh, maille re leabhar-aidmheil an chreiddigh, leabhar-ceist Vincent agus leabhar Ghuthrie ata dearbhadh mu mhuinighin-shlainteil ann an Crioft agus an lethidibh shin do leabhrannaibh beaga: tugaibh air ar cloinn air uairibh urnuighe dheanadh ann a co'-chaidre le a cheile, co-maith 's leo fein gu diambhair; agus deanadh iad urnuighe ann nar 'n eisdeachd fein; agus cuimhnibh dhoibh gu minic, gu bheill fuil an De uille-leirfinnich ag dearcadh orra 'n uair a ni iad urnuighe. An uair a thig iad gu h aois na tuigse, inshibh dhoibh na bòide a ghabh sibh oirbh às an leath ann an am baiste, agus cuirribh huige iad chum an ath-nuadhacha gu pearfanta. Tugaibh rabhadh dhoibh gun iad fein a chuibhreacha re foirm urnuighe; inshibh dhoibh a bhi gnathacha briatharaibh agus co'raidh ur ag curr ris ni eigin do'n dealbh fein, do bhri gu bheill barrachd gaoil ag Dia air na briatharaibh shin a thig o'n a chroidhe amach: O Pharantaibh, mar nach bu mhiann leibh air clann a bhi na brisheadh croidhe dh'ibh san t'faoghals' fein; mar nach bu mhaith leibh iad a'thachairt oirbh aig Cathair-breitheamhnais



breitheamhnais Dhe, le guidheachann agus mallachanar 'n aghaidh; mar nach bu mhiann leibh an cluintin re screineig ann an dorainn gun aithis gun chrioch ann deigh an t saoghails'; bithibh ro-churamach anois an togbhail suas ann an eolas air Dia, agus air an dleastanas dho-fan, an truaighe thaoibh natuir, agus an feim ata aca air Josa Criost. Ach O mhatharaibh! 'fann dar'n ionfuidhs' gu Sonraicht' ata an leabhars' air na churr, ata clann gu tric timchioll oirbhs' ann nan aois mhaoth; agus 'san agaibhs' ata an fath is fearr an teagasg eolas a ghabhail air Dia, agus urnuighe dheanadh ris, gaol a ghabail air Criost, agus fuath air peacadh: an ni a sparras sibhs' orra is tric leish buannacha leo na dheigh shin: uime shin mar ata gaol agaibh air ar 'n anam fein, agus air anam air cloinne, na dear-madaibh an mor-shath ata Dia ag curr 'gar laimh, c'aite bheill air carrantachd mhathaireil do thorradh air bronn, nach leirigh e an croidhe agaibh an cluintin ag screineig, no an faicsin ag frith-rhòstadh ann an teinne ifrionn gun fhuaradh? O faoth'raibh uime shin am bacail ann 'nam, le air teagasg tràth, agus urnuighe air an-son, bha sibh ann a mordhorainn re am an cead-bhreith; O bithigh air 'n anam ann a mor-shaothair mu'n dara breith, mar ata iad tre natuir nan cloinn agaibhs' gu bitheagh iad tre graish nan cloinn ag Dia meadhonaibh chum a mholaidh oidhreibh a ghraish, agus foitheachaibh gloire.

*Focall do Chloinn Oig.*

## A LEANABANNA DILEISH,

**A** TA mi ag a'flachagh oirbhs' ann an ainm Dhe, air Cruthai'-shear a chuimhneacha ann laethibh air 'n òige. Bha sibh gu h òg air 'n ar toirt suas do Dhia ann an am air baistigh, agus ghabh sibh nar faigheid-sheara fuidh bhrattaich chriost' cuirribh uime shin air 'n eolas a steach tràth air Dia, agus air Criost tre urnuighe; agus mar shin bithigh urnuighe na ni sòlasach leibh na dheigh shin. Thigibh a dh'ionfuidh' Dhe le fuilbhreachd moch is an-moch: tugaibh air 'n uireas'uibh agus air gearrain uille a ionfuidhe, agus dòrtaibh amach air croidheachaibh ann na uchd, creiddibh e, ni bheill luinnig is binne ann a cluasaibh Dhe, na urnuighe leanabainn òga.

Chuirr mi fios cuidd dh' fhoirm urnuighe chum a bhi na chuideachagh do dhaoine a toiseachagh, gidheagh ni bheill mi ag iarraidh o'irbh an gnathachagh ni's faidde no an t am dh' feadas sibh urnuighe dheanadh a'f an feugmhais, deanaibh dicheall urnuige an Tighearna, an Chreid, agus na deich aith-eanta fhaotain air mheoghair, agus cuidd do fhailmibh Dhaibhi co'-luath 'fis urrain sibh: agus mar an ceadn' leabhar aith-ghearr Ceist na heaglaish sho, ata na leabhar aith-ghearr oirdheirc air cinn a chreiddigh-chriostuigh. Agus chum 'f gu b' shearde thuigidh sibh cuidd do nithibh ata ann, nach bheill co'-soilleir do dhaoine ata ag toiseachagh, chuirr mi r'a cheile dhibh an cuideachagh sho leanas; bithigh e àisheach dhibh fhaotain air mheoghair. 'S fearr gu mor dhibh air meoghair a luchdach-

agh


agh leifh na nithe fho, no le duannagaibh, òrain, no sgeultaibh faoin.

A chlann ionmhuinn, ata am na h òige na am toighte d' ar 'n anamaibh, buillibh gu maith e. Sibh munighin agus co'-fhurtachd Minishteiribh, co'-maith 'fair Parantaibh fein: O eisdibh r' an combhairlibh, agus ni hann do bhriatharaibh an aibhseir, feachnaibh cuiddeachd gach cloinne bhi's ag curr re breagaibh, re mionnacha, agus olc; agus gabhaibh tlachd ann a cuiddeachd na h aittim fhin ann a bheill miann a bhi diadhaigh. Tugaibh an airre gun cliuch air chartaibh, no dishneibh, agus an leithide fhin do chliuchaibh cealgach gu h araid, guidhim oirbh cuimhnibh la na sàboide choimhid naomha; tugaibh an airre do air sinuaintibh, air briatharaibh, agus air gnìomharaibh, agus feithibh gu curamach air searmonaibh air an la fho; agus bithibh ullamh cuntas a thoirt do air Parantaibh huin' na hoich air an ni chuala sibh feadh an la, agus freagra thoirt air na Ceislean ata ann a leabhar nan Ceist. O! tugaibh urram agus umhlachd do air Parantaibh, agus cuimhnibh creud a deir *Solamb* an duine glic, *Gna'-fhoc. xxij. 22. Toir eifdeachd do t atbair ghein thu, agus na dean di'-meas air dombathair 'nuair a bhi's i aosta. Ni mac glic atbair aobhach.* 'Seigin do air Parantaibh cuntas a thoirt do Dhia air ar-fan; ach cuimhnibh mu'n teir sibhs' umhlachd do an iartaish-fan, bithigh air fuill air ar ceann fein, agus bithigh iad-fan faor uaithe. Na faolaibh gu caomhain ceartas sibh, chean sibh òg, ma gheibh e sibh ag caitheamh air beath' a feugmhais Chrìost, agus a feugmhais urnuighe; agus ann a peacadh: cho chaomhain, cho chaomhain, feadaidh sibh uaighibh dar tomhas fein, agus claiginn dar mead fein fhaicfin ann san chlagh, agus loifgidh teinne ifrionn iurain-ghlas, co-maith re fein

flobbain.

flobbain. O ma-seadh, mu bu mhaith leibh a bhi  
 air nar teaffairginn, O ifrionn; agus a bhi sonna gu  
 fiorruidhe, teichibh o'n Diabhol, agus o'n pheac-  
 eadh, dh'ionsuidhe air Tighearna Josa Crìost  
 bhur Slanai'-fhear, a deir mu chloinn òga, fuilnibh  
 dhoibh teachd dom ionsuidhs', oir 'sann le'n leithid-  
 san ata rioghachd Dhe air na deanadh suas: Agus  
 'n uair a theichis sibh dh'ionsuidhe Chrìost, feach gu  
 buannuigh sibh maille ris, leantain air feadh air  
 saoghail, gun doll a choiche air aish chum a pheac-  
 caidh. Griosaibh air a Spiorad a thoirt dhibh dar  
 treorachagh, agus a chuiddeacha leibh dearcadh  
 suas, agus *Abba Athair* a ghlaoch a mach. 'Se  
 Spiorad De ambain is fearr a dh'sheadas seoladh  
 thoirt dhibh cìod e mar ni sibh urnuighe, O nach  
 tigeadh e chum air croidheachaibh; oir 'n uair a  
 thig eifin, cho bhi ach beagan feim air foirm urnuighe  
 ni's faidde.

*Cuidd*



*Cuid do CHEISTIBH aith-ghearr agus Aisbeach iomchuidh a theagasg Chloinne Oga, agus aittim eille, mu'n bi iad commasach leabhar aith-ghear nan Ceist fhaotain air mbeoghair agus a thuigsin.*

---

*Ceist. CO rinn thu?*

*Freagar. Rinn Dia.*

*C. Co e an neach ata ga do shaoradh?*

*F. Tha Criost.*

*C. Co e an neach ata ga do naombacha?*

*F. Tha an Spiorad-naomh.*

*C. Cia dbeth d'an d'rinneadh thu?*

*F. Do dhuflach na talmhain.*

*C. Ciod e ata shin ga theagasg dhuit?*

*F. Bhi irisheal agus cuimhneach air an bhàs.*

*C. C'a uime an d'rinneadh thu?*

*F. Dheanadh feirbhis do Dhia.*

*C. Ciod e an modh air an coir dhuit feirbhis a dheanadh do Dhia?*

*F. Le umhlachd thoirt da aitheantaibh, earbfa dheanadh afs, le leabhagh, eisdachd, urnuighe, agus moladh, &c.*

*C. Creud e an ni araid bu choir dhuit a chuimhneacha, ann laethibh h'òige?*

*F. Mo Cruthai'-fhear, agus m'fhear-faoruigh.*

*C. C'aite ann bheil t aird-shonnas ag coi'-sheasfamb?*

*F. Ann an Dia mhealtuin.*

*C. Ciod e ata Dia gu b araid ag iarruidh ort?*

*F. Creidsin ann, agus umhlacha dho.*

*C. Creud*



*C. Creud i riaghail do chreiddigh, agus t umb-lachd?*

*F. Na Scrioptuiribh naomha.*

*C. C'aite bheill iad air na curr fios?*

*F. Ann san t fein-tiomna agus ann san tiomna-nuadh.*

*C. Cia mar Thoifeachas, agus mar chriochnachas an fein tiomna?*

*F. Ata e ga Toifeachagh le leabhar-nan-Geinilibh, agus ag criochnachagh le Malachi.*

*C. Cia mar Thoifeachas agus mar chriochnachas an tiomna-nuadh?*

*F. Ata e ag Toifeachagh le Mattha, agus ag criochnachagh le leabhar-an-Fhoilsichigh.*

*C. Nach e an Biobla leabhar is fearr air a n t shaoghal gu builligh?*

*F. 'Se gu beachduigh.*

*C. Cia mar shin?*

*F. Do bhri' gur h e Dia is Ughdar dho, agus gu bheill a bhriathara air nan deachdagh leifh.*

*C. Nach bu choir dhuits' a bbi dicheallach dh'-shoghlum a leabhagh agus a thuigsin?*

*F. Bu choir dhomh.*

*C. Creud e Dia?*

*F. Is Spiorad e.*

*C. Creud e Spiorad?*

*F. Bith neimh-fhaicfinneach nach bheill air na dheanadh suas dh'fhuill, agus dh'fheoil, mar ata sinne.*

*C. An bheill Spioruid sa bitb eille ann ach Dia?*

*F. Tha.*

*C. Creud iad?*

*F. Ainglibh, agus anamibh dhaoine.*

*C. Creud e an t eidir-dbeallacha ata eidir iad-san agus Dia?*

*F. Ni bheillann an ainglibh, agus ann anamaibh dhaoine,*

dhaoine, ach Spioruid chruthaicht', chríochnaicht'  
ach ata Dia na Spiorad neimh-chruthaicht' neimh-  
chríochnaicht'.

C. *An roibh toiseach sa bith ag Dia?*

F. Cha roibh.

C. *Am bi deirreagh sa bith air?*

F. Cha bhi.

C. *An bheill e ann o bhith-bhuantachd, gu bith-  
bhuantachd?*

F. Tha.

C. *An roibh toiseach ag ainglibh, agus ag ana-  
maibh dhaoine?*

F. Bha.

C. *Co thug shin dhoibh?*

F. Thug Dia.

C. *Nach bheill Dia ni's ro-ghlor-mhoire na 's  
commafaich sinne bhreathnacha?*

F. Tha.

C. *C'a mhead Dia ata ann?*

F. Ni bheill ach aon amhain.

C. *Ca' mhead pearsa 'ta san diadhachd?*

F. Tri pearsa.

C. *Creud iad?*

F. An Tathair, an Mac, agus an Spiorad-naomh.

C. *Nach ionnan natur do'n triur shin?*

F. 'S ionnan.

C. *An roibh toiseach ag an t shaoghal?*

F. Bha.

C. *Co rinn e?*

F. Rinn Dia.

C. *Co d'beth an d'rinn se e?*

F. Do neimh-ni.

C. *Co leish an d'rinn se e?*

F. Le focall a chumhachd.

C. *C'a fhad an uin' ann drinn se e?*

F. Ann an uin se laethibh.

C. *Ciod e an staid ann an d'rinn se na h uille nithe?*

F. Rinn se na h uille nithe ro-mhaith.

C. *Co do na laethibh air an d'rinneadh an duine?*

F. Air an t seiseadh la.

C. *Ciod e rinn Dia air an t seachdadh la?*

F. Ghabh e foisn o na uille obbair, agus naomhaich se e, chum a bhi na Chàboide dho-fein.

C. *Co e an chead fhear, agus an chead bhean, a bha air an t shaoghal?*

F. Adhamh, agus Eubha.

C. *Creud i an staid ann do chruthachagb iad?*

F. Ann an staid naomha agus shonna.

C. *An roibh iad saor O gach uille pheacadh, agus truaighe?*

F. Bha.

C. *An do mhairr iad ann san staid sho?*

F. Cha do mhairr.

C. *Cia mar thuit iad uaithe?*

F. Le brisheadh cumhant re Dia.

C. *C'a mhead cumhnant a rinn Dia ris an duine?*

F. Da chumhnant.

C. *Creud iad?*

F. Cumhnant nan oibridh, agus cumhnant nan gras.

C. *Co ris an d'rinn Dia cumhnant nan oibridh?*

F. Re air cead finsiribh Adhamh, agus Eubha.

C. *'Nann nan ainm fein ambain a rinneadh e?*

F. Ni h ann ambain nan ainm fein, ach ann an ainm an fliochd gu h iomlan.

C. *Co ris an d'rinn Dia cumhnant nan gras?*

F. Riss na daoine taght' ann an Criost, no re Criost ann an ainm nan daoine taght'.

C. *Co iad na daoine taght'?*

F. An dream shin a roighnich Dia O shiorruidheachd,



heachd, agus a thug e do Chrìost, chum an saor-agh O sheirg.

*C. Creud iad na briathara, no an ceangal, a bha ann a cumhnant nan oibridh?*

*F. Dean sho agus mairr beo.*

*C. Creud iad briathara, no ceangal chumhnant nan gras?*

*F. Creidd ann san Tighearna Josa Crìost, agus bithigh thu air do shàbhalacha.*

*C. C'a uime ghoirrear cumhnant nan oibridh do'n chead chumhnant?*

*F. Do bhri gur b' oibridh, no umhlachd a bu cheangal ann.*

*C. Ciod e an ghne umhlachd a bha air na iarruidh ann?*

*C. Umhlachd iomlan.*

*C. C'a uime an goirrear cumhnant beatha dheth?*

*F. Do bhri gur bi bheatha an luigheachd a bha air na ghealladh ar-fon a choimhid.*

*C. Ciod e an ghne bheatha gheall e?*

*F. Beatha-aimsireil, spioradail, agus shiorruidhe:*

*C. Ciod e an paineachas a bha air na bhagradh ar-fon an cumhnant sho bhrisheadh?*

*F. Bha am bàs, oir dubhairt Dia, ann san la dh'itheas tu, gheibh thu bàs gu dimhin.*

*C. Ciod e an ghne bhàis bha ann?*

*F. Bàs-aimsireil, spioradail, agus shiorruidhe:*

*C. Creud e an bàs-aimsireil?*

*F. Eidir-scarrachduin an anama, agus an chuirp r'a cheile.*

*C. Creud e an bàs-spioradail?*

*F. Eidir-scarrachduin an anama O Dhia.*

*C. Creud e an bàs-shiorruidhe?*

*F. Eidir-scarrachduin an anama, agus a chuirp araon O Dhia gu shiorruidhe.*

*C. An do choimhid air cead sin sibh cumhnant nan oibridh?*

*F.* Cha do choimhid.

*C.* *Cia mar bhris iad e?*

*F.* Le ithe do'n mheas-thoirmisgt'.

*C.* *Co thoirmisg dhoibh ithe?*

*F.* Thoirmisg Dia.

*C.* *Co dhiarr orra ithe?*

*F.* Dhiarr an Diabhol.

*C.* *An roibh e na pheaca mor dhoibh ithe?*

*F.* Bha.

*C.* *Cia mar shin.*

*F.* Do bhri le na ithe, gu d' tug iad eaf-umhlachd do Dhia, pheacaidh iad ann aghaidh an t-sholluis a bu mhò, bh' iad neimh-thaingeil do Dhia, neimh-thoilleanach le na staidd fein, agus chreidd iad an Diabhol a raoghain air Dia.

*C.* *An d' tanic air cead sinsiribh agus an sliochd gu b' iomlan fuidh phaineachas an chead chumbnant air a shon sho?*

*F.* Thainic.

*C.* *An d' fhuair iad bàs an la shin fein dh' ithe iad an meas-toirmisgt'?*

*F.* Fuair iad bàs-spioradail an la shin, agus bha iad fuidh bheinn an bhàis-aimfireil agus fhiorruidhe.

*C.* *Nach do chaill iad sonnas mor le nan leagadh?*

*F.* Chaill.

*C.* *Ciod e chaill iad?*

*F.* Chaill iad Jomhaigh Dhe agus co'-chom-munn re Dia.

*C.* *Ciod e ata thu ag ciallacha thaoibh Jomhaigh Dhe chaill iad?*

*F.* An naomhachd, agus an fhior-ghloine shin bha air na shuigheacha ann na natuiribh thaoibh an chruthaigh d'an goirrear mar an ceadna an chead-fhirinteachd.

*C.* *Ciod e tha thu ag ciallacha thaoibh an cho'-chommuinn re Dia chaill iad?*

*F.* An

F. An co'-chaidreadh, agus an co'-chomunn solasach a bha ag air cead finribh re Dia air thoiseach air an leagadh.

C. Nach bbeill slighe air bith ann leish am bi na beannachaigh mhoir shin air nan aisheag dhuinn arish?

F. Tha tre Josa Criost.

C. An bbeill thu fa bheinn gach caill agus truaighe a thug Adhamh air fein leish an leagadh?

F. Tha mi.

C. Ciod e mar dh'fheadas shin a bhith 'n uair nach d'rugadh thu an shin?

F. Bhri gu do thaisbeanadh mishe le Adhamh ann san chead chumhant, agus cheangail se e-fein air mo shons', agus ar son a shliochd gu h uillidh.

C. Creud i an staid ann a bheill an duine air na bhreith anois?

F. Ann staid peacaidh, agus truaighe.

C. An d'tug thu peacadh sa bith chum an t shao-ghail leat?

F. Thug.

C. C'ainm a deir thu ris?

F. Peaca-gein.

C. Ciod e shin peaca-gein?

F. An peacadh ata air na iomachar a nuas chug-am le mo pharantaibh O Adhamh.

C. An bbeill thussa araon ciontach, agus fallach leish an pheaca sho?

F. Tha mi.

C. An bbeill do nadur fallach, agus truailligh leish?

F. Tha ma-seadh.

C. Cia mar is fiosa dhuit shin?

F. Do bhri gu moithich mi mo chroidhe thaoibh naduir mall chum an ni'ta maith, agus ullamh chum an ni'ta olc.

C. An foghnadh peaca-gein chum do dhamnuighe cad nach biodh peacadh eille iddir ort?

B

F. Dh'fho-

F. Dh'fhoghnadh gu dimhin.

C. Ciod e an peacadh eille 'ta ort a bharr air peaca-gein?

F. Ata peaca-gniomh orm mar an ceadna.

C. Creud e shin peaca-gniomb?

F. An peacadh shin ata mi ga dheanadh gach la, ann a smuaintigh, ann a briathar, agus ann a gniomh.

C. An e an peaca-gein an tobbar o'n bheill gach peaca-gniomb ag sruthagh?

F. 'Se gun amharas.

C. Nach bheill sinn anoish truailligh, co'-maith agus peacadh, a thaoibh an leagaidh?

F. Tha sinn.

C. Creud iad na truaighibh a thug an leagadh oirn?

F. Tri feoid, aimfireil, spioradail, agus fiorruidhe.

C. Creud iad shin na truaighibh-aimfireil?

F. Triobloidibh, agus amh-ghair an chuirp.

C. Creud iad shin?

F. An leithid sho jodhon, goirt, cogadh, càs, bochduin, maflagh, tinnish, agus guinn a bhàish fadheirreagh.

C. Creud iad na truaighibh-spioradail ata an carr dhuinn a thaoibh an leagaidh?

F. Plaighibh, agus gallaribh, an anama.

C. Creud iad shin?

F. Iad sho jodhon, easbhuidh Jomhaigh Dhe agus co'-chomunn leish, daill-intinn, cruas-croidhe, coguish neimh-mhothachail, laigse-mheoghair, agus an leithide shin.

C. Creud iad na truaighibh fiorruidhe ata an carr dhuinn?

F. Piantaibh ifrionn na dheigh sho nach teirric an feaft.

C. An bheill teassairgin sa bith aig an duine ata cailte le brisheadh an lagh?

F. Tha.

C. An

C. *An do thoifich Dia air cumhnant eille dhean-  
adb rinn?*

F. *Thoifich.*

C. *Creud a ghoirrear dbeth?*

F. *Cumhnant nan gras.*

C. *C'a uime ghoirrear shin dbeth?*

F. *Do bhri gu bheil gach ni 'ta air na gheallagh  
ann na thiolacagh saor dhuinn O Dhia, agus fòs  
ann san creiddeamh fein, noch is fe an ceangal ata  
air na iarraidh oirne chum air 'n aonacha re Criost,  
agus fochair an chumhnant sho.*

C. *Nach bheil an cumhnant sho ni's oirdheirce gu  
mor na chead chumhnant?*

F. *Tha gu mor.*

C. *An roibh commas eidir-mheadhonair ann san  
chead chumhnant?*

F. *Cha roibh.*

C. *An roibh luigheasacha air aithreachas, no  
geallagh air maitheambnas peacaidh ann?*

F. *Cha roibh.*

C. *An bheil cumhnant nan gras ga'n luigheasacha  
shin?*

F. *Tha.*

C. *An fead cumhnant nan gras a bhi air na  
bhrisheadh no air na sgaileadh le air peacaidh-ne  
mar bha cumhnant nan oibridh?*

F. *Cha 'n fhead.*

C. *An bheil sho na àbhar meisnigh dhuinne dhol  
air ar'n aghaidh ann an peacadh?*

F. *Cho 'n bheil iddir, ach fòs chum naomhachd,  
cha 'n fhead sinn peacachagh chean gu bheil gras  
saibhir.*

C. *C'a uime bheil cumhnant nan gras co'-seaf-  
mbach dainginn?*

F. *Do bhri gu bheil eidir-mheadhonair, agus  
urras ann chum freagar air ar-son.*



C. Co dh' ullamhuigh an t urras oirdhearc sho  
dhuinne?

F. Dh' ullamhuigh Dia.

C. Ciod e bbrosduigh air chum shin a dbeanadh?

F. Shaor-ghradh fein.

C. An do thoill an duine ni sa bith air laimb Dhe,  
ann na staidh chailte?

F. Cha do thoill ni sa bith, ach feirg ar-son a  
pheacaidh.

C. Ciod e mar ata duil agats' maitheambnas  
shaotain ann do pheacaidh?

F. Tre Josfa Criost an t urras ar-son peacachaibh  
chailte.

C. An toir Dia maitheambnas ann do pheacaidh  
dhuil, gun dioladh air bith do a cheartas?

F. Cho toir e.

C. An bheill thussa commasach ceartas Dhe dhi-  
oladh ar-son do pheacaidh fein?

F. Cha 'n bheill mi.

C. An bheill Dia toilleach dioladh a ghabhail O  
neach eille air do shonfa?

F. Tha e.

C. Ach co 'ta commasach, no toilleach an dioladh  
shin thoirt seachad air ar-son?

F. Tha Josfa Criost araon, commasach, agus  
toilleach.

C. An roibh neach air bith eille commasach ach  
eifin amhain?

F. Cha roibh neach.

C. Ciod e b' abhar do shin?

F. Do bhri nach roibh neach sa bith eille ach  
eifin commasach air feirg neimh-chriochnuigheach  
iomachar.

C. Co e Josfa Criost sho?

F. Mac fiurruidhe Dhe, agus an dara pearfa  
do 'n trionoid-ghlor-mhor.

C. An bheill aittim air bith eille aig Dia da 'n  
goirrear

*goirrear a Chlann, a bharr air ar Tighearna Iosa  
Crist?*

*F. Tha.*

*C. Co iad?*

*F. Ainglibh agus Creidmheachibh.*

*C. Am bi deirreagh sa bith ag ainglibh, agus ag  
anamaibh dhaoiné?*

*F. Cho bhi.*

*C. Nach bheill eidir-dheallacha mór eidir iad-  
san, agus Crist?*

*F. Tha ma-seadh.*

*C. Cia mar áta ainglibh nan clann ag Dia?*

*F. Thaoibh cruthachagh neimh-mheadhonach,  
ann san t seadh sho goirrear do dh' Adhamh mac  
Dhe.*

*C. Cia mar áta creidmheachibh nan clann do  
Dhia?*

*F. Tre aith-gheintinn agus ucbd-mhacachd.*

*C. Cia mar áta Crist na mhac do Dhia?*

*F. thaoibh geiniligh fhiorruidhe agus air an á-  
bhar shin goirrear dheth aon-mhac.*

*C. Ciod e rinn Crist ar-son peacachaibh chailte?*

*F. Ghabh e of-laimh a bhi na eidir-meadhonair  
eidir Dia agus iad-san ann cumhnant na faoirshe.*

*C. Co iad áta e gan saoradh?*

*F. Na daoine taght'.*

*C. Co uaidb' áta e gan saoradh?*

*F. O pheacadh, agus O ifrionn.*

*C. Cia mar chuirr Crist an gníomh an ni ghabh  
e of-laimh?*

*F. Ghabh e air natuir-ne air fein, agus dhoirt  
e fhuill phriosoil air ar-son.*

*C. C'a mhead natur áta aig Crist?*

*F. Da natur.*

*C. Creud iad?*

*F. Natur Dhia, agus natur dhuine.*

C. *C' a uime am b' eigin do air fear-saoruidh a bhi na Dhia agus na dhuine?*

F. Bha e na dhuine chum bàsachagh air ar-son, agus na Dhia chum buaghachagh air an bhàs.

C. *An roibh an da natur shin aige an comhnuidhe?*

F. Cha roibh.

C. *Nach roibh e na Dhia O shiorruidhachd?*

F. Bha.

C. *An roibh e na duine O shiorruidhachd?*

F. Cha roibh.

C. *C' uin' dh' fhàs e na dhuine?*

F. Ann an iomlanachd na h aimsir an uair a bha an t flat-rioghoil ag deallacha re Judah.

C. *An mairr e na Dhia, agus na dhuine gu siorruidhe?*

F. Mairridh e.

C. *Cia mar dh' fhàs e na dhuine?*

F. Le fìor-chorp, agus anam a ghabbail chuige fein.

C. *Co leish an roibh e air na bhreith?*

F. Leish an òighe Muire.

C. *An roibh athair sa bith aig-e air an tallamb?*

F. Cha roibh.

C. *Cia mar ghinneagh e mata?*

F. Le cumhachd an spioruid-naoimh.

C. *C' a uime an roibh e air na gheinmbin air an mhodh sho?*

F. Chum 's gu biodh e faor o'n a pheaca-ghein.

C. *An roibh peacadh, no truailleachd air bith ann-san?*

F. Cha roibh.

C. *C' aite ann an roibh e air na bhreith?*

F. Ann an Bethlehem.

C. *Co an treabh o'n d' tainic e?*

F. O threabh Jhudah.

C. *Co an teaghlach o'n d' tainic e?*



*F. O theaghlach Dhaibhi.*

*C. Ciod e an staidh ann roibh Crìost air na bhreith?*

*F. Ann a staidh isheal.*

*C. Ciod e an staidh bh' ann?*

*F. Rugadh e le mnaoi bheag-inbheach, ann a stàbal, agus air na churr na luighe ann a gribbadh.*

*C. An do chaith e beath' isheal ann san t shaoghal?*

*F. Chaith e.*

*C. C'a uime an d' rinn e sho uille?*

*F. Rinn air ar-soinne.*

*C. An do ghabh e air fein ain-shainneachd sa bith a bhuinneadh d' ar natuir-ne?*

*F. ghabh e, an chuidh shin dhìbh a bha Coitcheann, agus neimh-lochdach.*

*C. Creud iad shin?*

*F. An leithid' sho, Jodhon, doilleas, fgiòs, ocras, iota, coddal, fallash, fhuill a dhortadh, &c.*

*C. C'a uime 'n do ghabh e iad sho air-fein?*

*F. Chum 's gu b'fhearde a dheanadh e comhshullang leinne ann air 'n amh-gharraibh.*

*C. Cia uime ghoirrear Josà do air fear-saoruidh-ne?*

*F. Do bhri gu sàbhail e phobul O na peacaidh.*

*C. Cia uime ghoirrear Crìost do air fear-saoruidh-ne?*

*F. Do bhri gu roibh e air na ordocha agus air na chuirr air leath chum òisig Eidir-mheadhon-aireachd.*

*C. C'a mhead òisig chum an d' ordochadh e?*

*F. Chum triur.*

*C. Creud iad?*

*F. òisig Fàidh, Sagairt agus Rìogh.*

*C. An bheill feim agats air Eidir-mheadhonair Ceis na tri òisigibh shin?*

*F. Tha*

*F. Tha ma-leadh.*

*C. Cia uime am b' eigin dh' òifig Eidir-mhead-bhonaireachd Chrìost a bhi na trì choddaibh?*

*F. A fhreagar mo thri truaighibhs'.*

*C. Creud iad shin?*

*F. Iad sho, Jodhòn, ain-eolas, ciont, agus daoirse.*

*C. Ciod e an feim ata agat air Crìost mar Fhàidh?*

*F. Chum mo theagasg, agus a leigheas m' ain-eolais.*

*C. Ciod e an feim ata agat air Crìost mar Shagairt?*

*F. A dheanadh sìochaint ar-son mo chiont, agus Eidir-ghuidhe re Dia air mo shon.*

*C. Ciod e an feim ata agat air Crìost mar Rìogh?*

*F. Chum mo shaoradh O dhaoirse, agus mo riaghalacha le na lagh.*

*C. Cia mar ata Crìost ag leigheas t' ain-eolais?*

*F. Le na fhocall, agus le na spiorad ga mo theagasg.*

*C. Cia mar ata se ag deanadh sìoth ar-son air Ciont?*

*F. Le na bhàs, agus ga thoirt fein suas na Jobairt air ar-son air an Chrois.*

*C. Cia mar ata se ga'r saoradh O dhaoirse?*

*F. Le na cumhachd fein ag tabhairt obbair na h aith-ghinneamhuinn, agus na naomhachd, air a h aghaidh ann'ine.*

*C. Ciod e an bàs fuair Crìost air ar-son?*

*F. Bàs na Croishe.*

*C. Ciod e an ghne bhàis a bha ann a shin?*

*F. Bàs malluicht' nàireach, agus dòrainneach.*

*C. Ciod e an chrioch mu'n dh'fhuair e bàs?*

*F. Chum a bhi na Jobairt bheannaicht' a dhio-ladh.*

ladh ceartaish ar-son peacaidh, agus chum sinne reitheacha re Dia.

C. *Creud i an Jobairt a thug Criost air ar-son?*

F. Thug se e-fein.

C. *Cia achd thug e suas anam na chorp?*

F. Thug se suas iad araon air ar-son.

C. *An d'fhuilling e ambain piantaibh a bhàis air ar-son?*

F. Dh' fhuilling e piantaibh ifrionn mar an ceadn'.

C. *An d' fhuilling e ann na chorp ambain air ar-son?*

F. Dh' fhuilling e ann na anam mar an ceadn'.

C. *An d' fhuilling e feirg dhaoine agus dhiabhlaidh ambain air ar-son?*

F. Dh' fuilling e feirg Dhe mar an ceadn'.

C. *C' aite ann an d'rinn e sho gu sonraicht'?*

F. Ann san gharadh, agus air an Chrois.

C. *Cia mar ata fios agat gu d' fhuilling e ann na anam?*

F. Leis an fhallach-fholla, agus leis na briathara labhair e ann 's na trathaibh shin.

C. *An roibh ceartas Dhe lan-dhiolte leis na dh' fhuilling Criost ar son a mbuintir-fein?*

F. Bha ma-seadh.

C. *An iarr Dia tuillidh diolaidh orra-san?*

F. Cho 'n iarr.

C. *Cia mar ata fios agats' air a shin.*

F. Do bhri' gu dubhairt Criost air an Chrois, ata se air na chriochnacha, agus thiommuinn e suas a spiorad, agus na dheigh shin bha e air na dhusgadh o'n uaigh.

C. *Ciod e bu doll do Chriost an deigh a bhàis?*

F. Bha chorp air na adhlacadh ann san uaigh, agus chaidh anam gu Phàraish.

C. *An*

C. An do mbairr an aonachd eidir da natur Chrìost seadh fòs ca do fuair e bàs?

F. Mhairr ma-seadh.

C. An do mbairr e fadda ann an flaidh na marbh?

F. Cha do mbairr.

C. C' uine dh' eirigh e o'n uaigh?

F. Air an treas la an deigh a bhàis.

C. Co an la do'n t sheachd-uin' bh'ann 'n uair a dh' eirigh e?

F. An chead la do'n t sheachd-uin', agus O shin a leath goirrear la an Tighearna dheth.

C. An roibh an t shàboide san am shin air na b atharacha o'n t sheachda la, gus an chead la do'n t sheachd-uin'?

F. Bha gun amharas.

C. C'a uime an d' rinneadh an t atharacha sho?

F. Mar onoir do air fear faoruigh-ne an coinne 'f gu cumadhmaid suas gu buan cuimhne air aish-eirigh ghlor-mhor-san agus a bhuaigh thar gach namhad ata aige-san agus againne.

C. Co iad na naimhdibh shin?

F. An diabhol, an faoghal, an peacadh, an bàs, agus isrionn.

C. An facadh Crìost truailleachd ann san uaigh?

F. Cho 'n shaca.

C. Cia mar thachair shin?

F. Do bhri gu roibh e gun pheacadh.

C. Co an cumhachd leish an d' eirigh e?

F. Le cumhachd a dhiadhachd fein.

C. C'a uime an d' eirigh e?

F. A thaisbeannadh gu roibh ceartas lan-diolte, agus gu roibh a naimhdibh uille ceansaichte.

C. C'a fhad a dh' fhan Crìost air an tallamb an deish dho eirigh?

F. Da-fhichid la.

C. Cia mar chaith e an uin' shin?

*F.* A lan-bheachdacha dheisciopla, agus gan teagasg ann a nithibh bhuinneas do Ríoghachd-Dhe.

*C.* *Ciod e rinn e na dheighshin?*

*F.* Chaidh e suas air neamh.

*C.* *C' aite an bheill e na shuidhe?*

*F.* Air deaf-laimh Dhe.

*C.* *Ciod e ata e ga dheanadh?*

*F.* A deanadh eidir-ghuidhe air ar-foinne.

*C.* *An tig e an feast chum an t shaoghails' arish?*

*F.* Thig.

*C.* *C' uine?*

*F.* ag an la dheirreannach.

*C.* *An bheill fiosa aig neach air bith e' uin' bhi's an la shin ann?*

*F.* Cho'n bheill.

*C.* *C'a uime an bheill Dia ag conbhail an la shin an fellach uain ne?*

*F.* Chum 'f gu deanadhmaid fairre gach la, agus a bhi do ghna air ar fai'cill.

*C.* *Ciod e an modh air an tig Criost arish?*

*F.* Air mhodh ro-ghlor-mhor, le na ainglibh ag feitheamh air.

*C.* *Ciod e an chrioch mu'n tig e?*

*F.* A thabhairt breith air an t shaoghal.

*C.* *Co iad air an toir e breith ann san la shin?*

*F.* Araon air bheo, agus air mhairbh, agus air gach uille neach, a bha, ata, no bhithis air an t shaoghal.

*C.* *Am bi gach neach ata marbh ann shin air nan dufgadh O na'n uaighibh?*

*F.* Bithigh gun amharas.

*C.* *Ciod e na Cuirp-leish an eirighiad?*

*F.* Leish na Cuirp cheadn' shin a bha aca roimhe thaoibh briogh, ach le atharacha buaighibh.

*C.* *Cia mar dhuifgir na mairbh?*

*F.* Le



*F.* Le treun-ghuth an aird-aingil, agus le fuaim na troimpeit dheirreannaigh.

*C.* *Nach bi eidir-dheallach mor eidir aish-eirigh nan fireanneacha, agus nan aingidh?*

*F.* Bithigh ma-feadh.

*C.* *Ciod e an t eidir-dheallacha bbi's ann?*

*F.* Eirichidh na fireannaich le gloir, agus buaigh, ach na h aingidh le ball-chrith agus uamhann.

*C.* *An eigin dhoibh uille teachd ann lathair Cathair-breitheamhnaish Chrìost?*

*F.* 'S egin gu dimhin.

*C.* *Co bheirr ann iad?*

*F.* Bheirr na h aingil.

*C.* *Co iad a chuirreas am breitheamb air a laimb-dheish?*

*F.* Cuirridh na fireannaibh.

*C.* *Ciod e an bheinn a theid orra-san?*

*F.* Thigibhs' a dhaoine beannuicht' m' athair-fa shealbhachaibh an Rìoghachd bha air na h ullamhacha dh'ibh mu'n do leagadh bunnachar an domhain.

*C.* *Co chuirreas am breitheamb air a laimb-chli?*

*F.* Cuirridh na h aingidh.

*C.* *Ciod e an bheinn a theid orra-san?*

*F.* Imichibh uams' sibhs' aittim mhallaicht' gu teinnidh-shiorruidhe air na h ullamhacha do'n Diabhol, agus do a chuid ainglibh.

*C.* *Co iad an dream do'n goirrear na fireannaibh ann san la shin?*

*F.* An dream shin amhain ata air nan sgeud-dacha le frìnteachd Chrìost.

*C.* *Nach fead neach sa bith seassadh le na fhirin-teachd fein ann san la shin?*

*F.* Cho'n fhead iddir.

*C.* *C'a uime shin?*

*F.* Do bhri gu bheill air frìnteachd fein mar bhronnaga-sallach an a lathair Dhe.

*C.* *Ciod*

*C. Ciod e ata thu ag ciallachale frinteachd Chríost?*

*F. Umblachd-san araon ann 'sna rinn, agus na dh'fhuiling se.*

*C. Creud i umblachd ghníomb Chríost?*

*F. A bheatha naomha leis an do choi' lion se an lagh gu hiomlan, ag deanadh nan dleasdanaísh a bha e ag iarraidh air ar-soinne.*

*C. Creud i umblachd-fhullaingísh Chríost?*

*F. Gu d'fhuiling e gach peannas, agus diogh-altas a bhuinneadh dhuinne thaoibh brisheadh an lagh.*

*C. Ciod e mar ata frinteachd Dhe air na deanadh seachad dhuinne?*

*F. Le a meafs dhuinn air taoibh Dhe, agus le Creiddeamh air ar tzoibh-fein.*

*C. Guine ata Dia ag meafs dhuinne fhirinteachd fein?*

*F. An uair a ghreimmísh sinn uirre le Creiddeamh chum air firinneachadh.*

*C. An bheill neach air bith air na fhirinneachadh ann a lathair Dhe le Creiddeamh, a feugmbaísh oibrídh?*

*F. Cho'n bheill a haon amhain.*

*C. Cia acht ata sinn air nar firinneachadh le Creiddeamh no le oibrídh?*

*F. Le Creiddeamh amhain.*

*C. An bheill eifeachd sa bith ann san Chreiddeamh, mar ata e na gbras ann-ine chum air firinneacha ann a lathair Dhe?*

*F. Cho'n bheill Eifeachd sa bith.*

*C. Cia mar dh' fhirinneachas Creiddeamh sinn no mar ni e sinn Co'-throm ann a lathair Dhe?*

*F. Amhain mar ata e na mheadhon, no mar laimh chum greimmeacha air frinteachd Chríost.*

*C. An i frinteachd Chríost amhain uime se in mathair-abbair air firinneachaidh?*

*F. 'Si amhain.*

C

C. Cia

*C. An e an Creiddeamb meadhon-àbhair air firinneachaidh?*

*F. 'Se gun Cheist.*

*C. Cia uime nach fead firinteachd air bith ille, ach firinteachd Chrìost, air firinneachadh ann a la-thair Dhe?*

*F. Do bhri gu bheil fhirinteachd-san gu neimh-chrìochnoil iomlan, agus ag toirt dìoladh iomlan do dh'agartaish ceartaish.*

*C. An fead duil a bhi ag neach air bith a bhi air na Shàbbaladh le firinteachd Chrìost, ata an Comhnuidhe ag buannacha ann na pheacaidh?*

*F. Cho'n fhead air mhodh air bith.*

*C. An bheil firinneacha, agus naomacha neimhscairrail?*

*F. Tha gu beachduigh.*

*C. An fead sinn a bhi air nar firinneachadh le Chrìost, gun caochladh a bhi air na dheanadh oirn?*

*F. Cho'n fhead.*

*C. Ciod e an caochladh 'feigin a bhi air na dheanadh oirn?*

*F. Caochladh ro-mhor, 'feigin an fein-natur a thoirt affain, agus croidhe nuadh a bhi air na thoirt dhuinn.*

*C. Creud i oifig an Spioraid-naoimh ann a cuisibh Slaint' an duine?*

*F. An t shaoirse, agus na sochair a choifin Chrìost a chomh-churr iis na daoine taght.*

*C. Ciod e mar ni e shin?*

*F. Le Creiddeamh oibreachadh ann san chroidhe, agus ag toirt obhair na hath-ghinneamhuinn, agus na naomhachd, air a haghaidh ann san duine gu hiomlan.*

*C. Cia iad na meadhonaibh o'n leith a muigh, ata se gu coitcheann a gnathacha thoiseacha na hoibre sho?*

*F. Slat, agus focall Dhe.*

*C. Creua*



*C. Creud e an chead cheim do dh'obbair an Spioraid air an duine an t am a bhi's se ga iompocha?*

*F. Geur-mhothacha.*

*C. Ciod e air an toir e mothacha dho?*

*F. Araon air a pheacaidh, agus air a thruaighe.*

*C. Creud e an dara ceim do dh'obbair an Spioraid ann an am jompochaidh?*

*F. Bheirr e fealladh do'n anam air Criost.*

*C. Creud e an treas ceim?*

*F. Ata e ag tarraing a mach a chroidhe chum flihibh na naomhachd a dhlu-ghabhail chuige.*

*C. Ciod e an modh air an taisbein neach ata air na ath-nuadhacha, gu bheil fìor-chaochladh air na dbeanadh air?*

*F. Le fìor-ghradh do Dhia, agus le umhlachd do 'aitheantaibh-san.*

*C. Ciod e mar bu chòir dhuit Dia ghradhacha?*

*F. Le m'uille chroidhe, agus anam agus ofcìonn gach ni air an tshaoghal.*

*C. Ciod e mar bu chòir dhuit umblachd a thoirt do dh'aitheantaibh Dhe?*

*F. Gu treimh-dhireach; gu buan, agus gu hiomlan.*

*C. C'a mhead aithne ata ann?*

*F. Deich aitheantaibh.*

*C. Ciod e mar ata iad reint?*

*F. Ann an da Chlàr.*

*C. C'a mhead ata ann san chead Chlàr?*

*F. Ceathair aitheantaibh.*

*C. C'a mhead ata ann san dara Clàr?*

*F. Se aitheantaibh.*

*C. Ciod e ata air na churr fìos ann san chead Chlàr?*

*F. Air dleasdanas do Dhia.*

*C. Ciod e ata air na churr fìos ann san dara Clàr?*

*F. Air dleasdanas do dhuine.*

*C. Ciod e mar a bha na deich aitheantaibh air nan sgrìobhadh air tus?*

*F. Bha*

F. Bha iad air nan sgrìobhadh le meur Dhe air da chlàr chloiche.

C. *Co e an neach do'n d'tug Dia iad air tus?*

F. Do Mhaois.

C. *C'aite an d'tug e seachad iad?*

F. Air Sliabh-Shinai.

C. *An bheill thu dh'urrain an ath-seulachd?*

F. Tha mi.

C. *Nach bu chòir dhuit a bhi an geall air an tuigsin mar an ceadn'?*

F. Bu chòir dhomh.

C. *Creud i an aithne ata ag toirmisg Fodhail-adbraidh no adbradh a thoirt do Dhianann breige?*

F. An chead aithne.

C. *Creud i an aithne ata ag toirmisg saobh-Chrabhadh no adbradh do Dia air mhodh neimh-riaghailteach sa bith?*

F. An dara haithne.

C. *Creud i an aithne ata ag toirmisg mionnan, no mi'-naombacha sa bith air ainm Dhe?*

F. An treas aithne.

C. *Creud i an aithne ata ag curr a dh'fhiacha ort la na sàboide a choimbid?*

F. An ceathreamh aithne.

C. *Ciod e mar bu chòir dhuit la na sàboide do choimbid?*

F. Le bhi ag adhradh Dhe araon gu diamhair, agus gu follais air an la shin, gun a bhi ag smuainteacha air mo bhreathnachaidh fein, no labhairt mo bhriathara fein, no ag deanadh m'oibre fein air an la shin.

C. *Creud i an aithne ata ag curr a dh'fhiacha ort umblacha do d'pharantaibh?*

F. An cuigeadh aithne.

C. *Creud i an aithne ata ag toirmisg dhuit strìobh, no dochann a dheanadh air do Choimhearfnach?*

F. An

*F.* An feiseadh aithne.

*C.* Creud i an aithne ata ag toirmisg neimh-gbloine?

*F.* An seachdamh aithne.

*C.* Creud i an aithne ata ag toirmisg Gadduigh-eachd?

*F.* An tochadh aithne.

*C.* Creud i an aithne ata ag toirmisg breagan?

*F.* An naoidhamh aithne.

*C.* Creud i an aithne ata ag toirmisg sant.

*F.* An deicheamh aithne.

*C.* Creud is suim do na deich aitheantaibh?

*F.* Dia, agus mo Choimhearsnach a ghradhacha.

*C.* An bu chòir dhuits' na haitheantaibh sho choimhid gu hiomlan?

*F.* Bu chòir dhomh.

*C.* An bheill thu Commasach air shin a dheanadh?

*F.* Cho'n bheill mi.

*C.* An bheill thu ga'n brisheadh gu laitheil?

*F.* Tha mi gu amharas.

*C.* Ciod e mar ata thu ga dheanadh shin?

*F.* Ann a smuaintigh, ann a briathar, agus ann a gniomh.

*C.* An roibh neach sa bith ann a riamb a bha commasach air na haitheantaibh sho choimhid gu hiomlan?

*F.* Bha.

*C.* Co e?

*F.* Adhamh mu'n do thuit e.

*C.* An roibh neach sa bith ann O thuittim an duine bha commasach an coimhid gu hiomlan?

*F.* Cho roibh neach, ach Josa Criost.

*C.* An roibh ann-san ach duine ambain?

*F.* Bha tuille ann.

*C.* Ciod eille bha ann?

*F.* Bha Dia agus duine araon ann an aon phearsa.

*C.* Ciod e ata thussa ga thoiltin ar-san brisheadh gach aithne dhiu shin?

*F.* Feirg Dhe araon ann san tshaoghals', agus ann san tshaoghal ata chum teachd.

*C.* Co e an neach shin da thrìd ata duil agats' an sheirgs' a sheachna?

*F.* Trìd Josa Criost an neach shin a choi' lion an lagh, agus a dhiol ceartas air mo shon.

*C.* An fead gach uille neach còir agradh dho-fein air na rinn, agus na dh'fhuilling Criost?

*F.* Cho'n fhead.

*C.* Co iad a dh'fheadas shin a dheanadh le bar-rantas?

*F.* Gach uille fìor-chreidmheach, agus gach neach a ni aithreachas treimh-dhireach.

*C.* Co iad na fìor-chreidmhigh?

*F.* An dream shin a theich a dh'ionfuidhe Josa Criost, agus a dhlu-ghabh chuca e le fìor-chreid-deamh.

*C.* Ciod e an ni shin fìor-chreiddeamh?

*F.* Lamh an anama ghabhas greim air Criost, agus a fhocrachas air, mar an slanai-fhear mor, agus an fuasgladh ata Dia ga thairgs' dhuinne.

*C.* Creud i an chrìoch mu'n bbeill e air na thairgs'?

*F.* Chum beatha agus slainte.

*C.* C'aite ann a bbeill e air na thairgse dhuinn?

*F.* Ann san t shoisgeul.

*C.* Ciod e na Cumhnantaibh air an bbeill e air na thairgs'?

*F.* Gu saor, agus gu h iomlan ann na uille oifigibh, mar Fhaidh, mar shagairt, agus mar Rìogh.

*C.* Co iad an aittim shin ata na fìor-luchd aith-rìgh?

*F.* An aittim shin a phill re Dia ann an Criost, le aithreachas fìor, agus neimh-chealgach.

*C.* Ciod e an t aithreachas e shin?

*F.* Bròn-croidheil ar-son air peacaidh, le iompocha uaithe gu huille chum Josa Criost, agus chum sùghibh na naomhachd.

*C.* Nach

C. *Nach bheill sfighe air bith eille ann chum ifrionn a sheachna, ach trid Creiddeamh, agus aithreachas?*

F. Cho'n bheill.

C. *An fead thussa creidsin, agus aithreachas a dheanadh uait-fein?*

F. Cho'n fhead mi.

C. *Cia mar is fiosa dhuit shin?*

F. Ata focall Dhe ga infeedh dhomh, agus osbarr ata mi mothacha mo chroidhe fein thaobh natuir marbh, agus cruaidh mar chloich.

C. *Ciod e an ni ata Commasach air an anammarbh a bheothacha, agus air an chroidhe chruaidh a brisheadh?*

F. Cho'n bheill ni fa bith, ach neart uille-chumhachdach Dhe, agus a ghras-faor.

C. *Nach bu chòir dhuits' do ghna suil a bhi agat ris an chumbachd shin, agus a bhi guidhe air a shon?*

F. Bu chòir dhomh.

C. *Nach bheill thu na do choigreach do Dhia, agus fadd O laimb uaidhe thaobh natuir?*

F. Tha mi.

C. *Ciod e mar ata thu air do thoirt an fogasg dho?*

F. Trid fuill Chrìost.

C. *Creud iad na meadhonaibh cummanta leish an bheill thu faghail eolais air Chrìost, agus Co'-chomunn leish?*

F. An focall, sacramaint, agus urnuighe.

C. *Cia mar is còir dhuit an focall a leabhadh, agus eisteachd?*

F. Le Creiddeamh, gradh, agus furachras.

C. *Creud i an t sacramaint?*

F. Is comhara-faicinneach i chum Chrìost a thaisbeannadh, agus a chomh-churr rinne le na uille shochairibh.

C. *Ca mhead sacramaint ata ann?*

F. Da shacramaint.

C. *Creud*



C. *Creud iad sacramaint an t fein-tiomnuidh?*

F. An timcheall-ghearradh, agus an t uan-càsg.

C. *An bheill iad anoisb air nan cur air cul?*

F. Tha iad.

C. *Creud iad sacramaint an tiomnuidh-nuaidh?*

F. An Baisteadh, agus Suipeir an Tighearna.

C. *Co dh'orduigh iad shin?*

F. Josa Criost aon Cheannaird na h eaglaish.

C. *Ciod e an chrioch mu'n d'orduigh e na sacramaintibh sho?*

F. A bhi na feulaibh air cumhnant nan gras, agus chum a phobull fein a lan-bheachdacha ann nan Creiddeamh.

C. *C'a fhad a bhi's iad air mairrean?*

F. Gus an d'tig Criost arish.

C. *Creud e an t Elemeint, no an combara ata air na ghnathacha ann san bhaisle?*

F. Uisge air na chrathadh air an chorp.

C. *Ciod e ata air na chiallacha leish a shin?*

F. Fuill Chriost a ghlanas as peaca, agus ciont an anama.

C. *Co an tainm ann do bhaisleagh thu?*

F. Ann an ainm an Athair, an Mhic, agus an Spioraid-naoimh.

C. *Ciod e na bòide ata ort leish a shin?*

F. Creidlin, aidmheacha, agus umhlacha do'n Trionoid-naomha, agus diultadh do'n Diabhol, do'n t shaoghal, agus do'n fheoil.

C. *Creud iad na b Elemeintibh o'n leith a muigh ata ann a Suipeir an Tighearna?*

F. Arran, agus fion.

C. *C'uin' a dh'orduigh Criost an t sacramaint sho?*

F. Ann san oich shin fein ann do bhrathagh e.

C. *Ciod e an chrioch mu'n d'orduigh se e?*

F. A chonbhail air mairrean cuimhne bhàish-fein, agus shullaingish a measg a phobuill gu deirreagh an t shaoghail.

C. *An*

C. An bheill eidir-dheallacha sa bith eidir an Baisteagh agus Suipeir an Tighearna?

F. Tha.

C. Nach bheill iad ag taisbeannadh ag feulaicha, agus ag comb churr na nithe ceadna?

F. Tha gun amharas.

C. C'aite ann a bheill an t eidir-dheallacha ma-ta?

F. Ata aon dhibh chum toiseacha, 'ta aon eille chum beathachaigh, 'se am Baisteagh-an dorrus air an eigin do chloinn Dhe doll a steach, is i Suipeir an Tighearna am bord ag an eigin dhoibh a bhi air am beathacha.

C. An bheill am Baisteagh re bhi air na riaghala arish?

F. Cho'n bheill.

C. An bheill Suipeir an Tighearna re bhi air na gabhail gu minic?

F. Tha.

C. Cia mar bhi's tu cemmafach bòide do bhaisfigh a choi'-liona?

F. 'Seigin dhomh a bhi guidhe air Dia gach la mo neartacha, oir cho'n bheill neart agam-fein.

C. C'a mhead cuidd ata ann an urnuighe?

F. Triur.

C. Creud iad?

F. Admheil, Jartas, agus Buidheachas.

C. Co rifs amhain an còir dhuinn urnuighe dheanadh?

F. Amhain re Dia.

C. Co an tainm ann a còir dhuit t ath-chuingibh a dheanadh?

F. Ann an ainm Chrìost.

C. Ciod e an modh air an còir dhuit t ath-chuingibh a dheanadh?

F. Air mhodh irisheal, le creiddeamh, agus le duthrachd.

C. Ciod

C. Ciod e na nithe is còir dhuit iarruidh ann a t urnuighe?

F. Amhain nithe do reir toill Dhe.

C. An d'tug Dia riaghail-sdiuraigh sa bith dhuit chum urnuighe a dbeanadh?

F. Thug.

C. Creud i an riaghail?

F. Na Scrioptuiribh naomha gu huille, ach gu sonraicht' urnuighe an Tighearna.

C. An urrain thu urnuighe an Tighearna radh air mbeoghair?

F. 'S urrain.

C. C'a mhead cuidid ata ann an urnuighe an Tighearna?

F. Triur.

C. Creud iad?

F. Reimh radh, se Jartaish, agus cho'-dhunadh.

C. C'a mhead do na biartaish shin ata ar-son nithe-aimsireil?

F. Cho'n bheill ach aon amhain.

C. Co dhibh e?

F. An ceathramh, jodhon toir dhuinn an diugh air 'n arran-laitheil.

C. Cia uime noch bheill ach aon iartas ar-son tiol-aicigh aimsireil?

F. Chum sinne theagasg a bhi ni's dicheallaich ag iarruidh beannuichigh-spioradail, no bhi's sinn ag iarruidh nithe maith na beatha sho.

C. Ciod e na nithe shin a bu chòir dhuinn a bhi gu ro-dhicheallach ga'n sirreadh ann air 'n urnuighe?

F. Ar-son trocair chum maitheamhnas fhaotain ann air pheacaidh, agus gras a chuiddeacha leinn ann an am air feim, agus gu sonraicht' chum a bhi air ar neartacha ann 'n am bàish.

C. Nach bheill sfighe sa bith air a bhàs a sheachna?

F. Cho'n bheill.

C. Cia



C. *Cia uime shin?*

F. Do bhri gu bheil e air na orducha do gach neach bàs fhaghail aon uair amhain.

C. *Nach roibh neach sa bith a riamb air na shonbhail no air na shaoragh on bhàs?*

F. Cho roibh neach, ach Enoch agus Elias.

C. *Ciod e bu doll dhoibh-san?*

F. Bha iad air nan aiffig gu neamh gun am bàs a bhlaffachd.

C. *Ciod e thug am bàs ibum an t shaoghal?*

F. Thug an peacadh.

C. *Creud e an meadhon a bheirr an peacadh afs an t shaoghal?*

F. Tha am bàs.

C. *An bheil na creidmhigh gu h iomlan saor O'n a pheacadh gu h am bàis?*

F. Cho'n bheil.

C. *Creud e gath an bhàis?*

F. Tha an peacadh.

C. *Cho thug an gath afs an bhàs do na creidmhigh?*

F. Thug Criost.

C. *An bheil an bàs ma-ta na pheannas dhoibh?*

F. Cho'n bheil iddir.

C. *Nach bheil am bàs na bhuanachd do na creidmhigh?*

F. Tha gun amharas.

C. *Cia mar shin?*

F. Do bhri gu cuirr e deirreagh air an dòlas, ata e na fhuasgladh beannaicht' dhoibh O nan truaighe, agus na thoiseach sonnaish.

C. *Ciod e rifs an sambluir bàs na fireannacha ann san scrioptuir?*

F. Re caddal-ciun.

C. *Ciod e rifs an sambluir an uaighibh?*

F. Re leabba-thamh.

C. *Cia uaidhe an bheil iad a gabhail tamh?*

F. O

*F.* O bhuaireibh an Diabhol, O gheur-leanmhuinn an t-shaoghail, agus O chogarsaibh an pheacaidh.

*C.* *Ciod e an ni hann san bhàs do na h'aingidh?*

*F.* Ata e na pheannas ar-son a pheacaidh, agus na thoiseach air truaighe shiorruidhe.

*C.* *Ciod e an ni ata ann san uaigh do dhuine aingidh?*

*F.* Ata i na prìosan a choimhid a chuirp chum breitheamhnas an la-mhoir.

*C.* *Ciod e is doll do'n anam ag am bàish?*

*F.* Pillidh e dh'ionsuidhe Dhe thug uaidh e chum a bheinn fhaotain.

*C.* *C'aite ann a cuirr Dia na h'aingidh?*

*F.* Cuirridh dh'ifrionn.

*C.* *Co'ta an combnuidh ann a shin?*

*F.* Tha an Diabhol, agus ainglibh.

*C.* *Ciod e an t ionnad ifrionn?*

*F.* Ionnad na d'òrainn' lochan ata losgadh le teinne, agus pronnasc gu siorruidhe.

*C.* *C'aite an teid na daoine diadhaigh ag am bàish?*

*F.* Theid gu neamh.

*C.* *Co'ta an combnuidhe ann a shin?*

*F.* Tha Dia, agus Crìost, agus na h'ainglibh-naomha.

*C.* *Ciod e an t ionnad hann a neamh?*

*F.* Tha ionnad ro-ghlor-mhor far an bheill làn-aoibhnis, agus sòlaisg gu siorruidhe.

*C.* *Ciod e bhì's na h'aingidh ga dheanadh ann an ifrionn?*

*F.* Ata iad ag raibhceach, ag mallacha, agus blaisbheim gu siorruidhe.

*C.* *Ciod e bhì's na naoimh ga dheanadh air neamh?*

*F.* Bithigh iad ag gabhail iongnadh do Chrìost, a feinn molaidh, agus a deanadh gairdeachaisg gu siorruidhe suthain.

*C.* *Ciod e an t sùighe air an fuigh sinne dtoll chum an ionnaid bheannaicht' shin?*

*F.* 'Seigin

*F.* 'Seigin dhuinn dearcadh air Josa air fear-iuil, eisempleir a bheatha leanmhuinn, agus bun a dheanadh a toilteannas a bhàisth-fan.



*Cuid de Cheistibh-eachdaireachd ar son Cloinne  
afis an Bhiobal.*

- C.* **C**O an chead shear a bha air an t-shaoghal?  
*F.* Bha Adhamh.
- C.* Co an chead bhean a bha ann?  
*F.* Bha Eubha.
- C.* Co dbeth an do dhealbhagh Adhamh?  
*F.* Do dh'uir na talmhain.
- C.* Co dbeth an d'rinneadh an bhean?  
*F.* Do dh'aisne a taobh Adhamh.
- C.* C'aite ann do chuirr Dia iad 'n uair a chru-  
thachagh iad?  
*F.* Ann a Garadh-Eden.
- C.* Ciod e an chrioch mu'n do chuirr e ann iad?  
*F.* Chum a choimhid agus a dheaffacha.
- C.* Co an chead shear-mort bha air an t-shaoghal?  
*F.* Bha Cain.
- C.* Co an chead neach a mbarbbadh air an t-shao-  
ghal?  
*F.* Bha Abel.
- C.* Co do chloinn Adhamh a bha na fhreimb ag  
na fireannaibh?  
*F.* Bha Seth.
- C.* Co an duine bu mhò acish air an t-shaoghal?  
*F.* Bha Methusaladh.
- C.* Cia mar sgrìobhadh an sein-saoghal?  
*F.* Le dillionn uisg.
- C.* C'uin' bha shin?

D

C. Cu'in'

*F.* Ma thimchioll se ceud-deug se bliadhnan deug agus da fhichid an deigh a chruthachaigh.

*C.* *Cia uime 'n do sgrioffadh an sein-saoghal?*

*F.* Ar-son am peacaidh uamhar ann aghaidh Dhe.

*C.* *Co bha air nan sàbhalacha o'n leir-sgriofs shin?*

*F.* Cho roibh neach ach Naoi, agus a theaghlach.

*C.* *Cia mar shàbhalacha eisin?*

*F.* Leish an Airc a rinn se.

*C.* *C'a fhad a bha se deanadh na h Airc?*

*F.* Ceud agus fichid bliadhnan.

*C.* *Cia uime bha se co fadda ga deanadh?*

*F.* Chum rabhadh a thoirt do'n t shaothal, agus uin a dheanadh aithreachas ar-son am peacaidh.

*C.* *An roibh e air na ainmeacha na shearmoidh frinteachd?*

*F.* Bha ma-seadh.

*C.* *C'a mhead mac bha ag Naoi?*

*F.* Triur, Shem, Ham, agus Japhet.

*C.* *Co dhibh a b'fhearr?*

*F.* Bha Shem.

*C.* *Co dhibh a bu mheassa?*

*F.* Bha Ham.

*C.* *Co dhibh o'n d'tanic sinne?*

*F.* O Japhet.

*C.* *Ciod e an chead channoin a bha air an t shaothal?*

*F.* Bha an Eabhra.

*C.* *C'uin' a thoisich atharracha nan Cannoin?*

*F.* Ag toghail Bhabel.

*C.* *Cia mar sgrioffadh Sodom?*

*F.* Le teinne, agus pronnasc O neamh.

*C.* *An roibh neach ann san bhaille shin air na sàbhalacha uaidhe?*

*F.* Cho roibh neach ach Lot agus a dha 'n inghin.

*C.* *Ciod e bu doll do mhnaoi Lot?*

*F.* Rinneadh carn-fallain dhith.

*C.* *Ciod e a b' àbhar do'n pheannas mhor sho?*

*F.* Chean

F. Chean i dh'amharc air a haish air Sodom, agus ar-fon a gaoil air an t-shaoghal.

C. *Co e d'an goirrear athair nan Creidmheach?*

F. Do dh'Abraham.

C. *Ciod e an dearbhagh 'is mò bha air a chreid-deamb?*

F. A Mhac Isaac iobairt suas air iartas Dhe.

C. *C'a mhead mac a bha ag Jacob?*

F. Bha da-dheug.

C. *Co bu sine dhibh?*

F. Reuben.

C. *Co b'dige dhibh?*

F. Benjamin.

C. *Co dhibh a reiceadh do'n Eipht?*

F. Joseph.

C. *Co reic e?*

F. Dheirbh-bhrathraibh fein.

C. *Ca mhead treabh a bh'ann do chloinn Israel?*

F. Da threabh dheug.

C. *Co do na threabhaibh shin a raoghnaibh Dia bhi nan Sagairtibh, agus na Minishteribh?*

F. Treabh Lebhi.

C. *Co an treabh dhibh o'n d'tanic Criost?*

F. O threabh Judah.

C. *Ciod e mar bha na h-Israelitigh air na cònbhail fo-chois ann san Eiphte?*

F. Rinneadh traillaidh do'n cuirp, agus sgriossadh an leinnibh-mhic ann san abhainn Nilus.

C. *Co chum fo-chois iad?*

F. Chum Pharaoh Riogh na h-Eiphte.

C. *Ca mhead plaigh a chuir an Tighearna air an Eiphte air a shon sho?*

F. Chuir deich plaighibh.

C. *Cia mar leir-sgriossadh na h-Eightibh fa-dhe-  
oigh?*

F. Bha iad uille air am bàthagh ann san mhuir-ruadh.



C. *Cia mar bha clann Israel air nan teassairgin ana a shin?*

F. Sgoilt an Tighearna 'n fhairge-ruadh, agus chaidh iad-san a nunn air tallamb tìrrim.

C. *Co e an neach a thug a mach iad o'n Eighite?*

F. Thug Maois.

C. *Ciod e mar bha iad air nan sdiuradh trid an fhàsaich?*

F. Le pilleir-neoil san la, agus le pilleir-teinne san oich.

C. *Ciod e mar bha iad air nan beathacha ann a shin?*

F. Le Manna O neamh.

C. *Ciod e mar fuair iad deoch ann san Diambhair thirrim shin?*

F. Thug an Tighearna uisg a's an charraic a lean orra feadh na slighe gu huillidh.

C. *Co iad air an d'fhosgail an tallamb, agus a shluig fios beo iad?*

F. Korah, Dathan, agus Abiram:

C. *C'a ar-son an d'tugadh peannas orra?*

F. Ar-son an ceannairc ann aghaidh Mhaois, agus Araoin.

C. *C'a mhead a bb'ann do chloinn Israel 'n uair a thanic iad a mach o'n Eiphte?*

F. Tuairim air se ceud mìle.

C. *C'a mhead dhiu shin a chaidh a steach dh'fhear-ran Chanàin.*

F. Cho deachaidh neach, ach Caleb, agus Joshua.

C. *Ciod e bu doll do chàch uille?*

F. Fuair iad uille bàs an san fhàfach.

C. *Ciod e am peacadh a bu mhò rinn iad ann san fhàfach?*

F. An laogh-òir a dheanadh, agus adhradh dho.

C. *Co e an duine bu chiun' bha air an tallamb?*

F. Bha



*F. Bha Maoifh.*

*C. Co e an duine bu laidre bha air an tallamb?*

*F. Bha Sampson.*

*C. Co e an duine bu mhò foidhidin bha air an tallamb?*

*F. Bha Job.*

*C. Co e an duine bha reir croidhe Dhe fein?*

*F. Bha Daibhi.*

*C. Co e an duine bu sgiambaigh bh' air an tallamb?*

*F. Bha Absalom.*

*C. Co e an duine bu ghlice bh' air an tallamb?*

*F. Bha Solamh.*

*C. Co e Solamh sho?*

*F. Mhac Dhaibhi, agus Rìogh Jerusaleam.*

*C. Co thog teampal Jerusaleam?*

*F. Thog Solamh an Rìogh crionna, cumhachdach shin.*

*C. C'uin thogadh e?*

*F. Ma thuairim mìle bliadhan mu'n d'tainic Crìost air thallamh.*

*C. Co iad a thilgidh ann san uambann-theinnigh?*

*F. An triur chloinne, Shadrach, Meshach, agus Abednego.*

*C. C'a uime 'n do cuirreadh ann iad?*

*F. Do bhri nach deanadh iad adhradh do'n Jomhaigh-òir a rinn Nebuchadneffar.*

*C. Co e an neach a thilgidh am broclain nan leogbain?*

*F. Bha Daniel.*

*C. C'a uime 'n do chuirreadh ann e?*

*F. Do bhri nach sguirreadh e O bhi-deanadh urnuighe ris an Dia-bheo.*

*C. Co e an neach a thilgidh a mach san fhairge, agus a shluigeadh suas le muic-mharra?*

*F. Bha Jonah.*

*C. An roibh na daoine naomba sho uille air nan saoragh?*

F. Bha iad le cumhachd agus le trocair Dhe.

C. *Ciod e an tam ann d'rugadh air Slanai-fhear?*

F. Ma thimchioll ceathair mile bliadhna an deigh cruthacha an t shaoghail.

C. *Co an tuachdaran a bha ann Judea san am shin?*

F. Bha Herod.

C. *Co bha na Impeir air an Roimbe ann shin?*

F. Bha Augustus.

C. *Co bha na ghiulla-coish ag Criost?*

F. Bha Join-baiste.

C. *Ciod e thachair dho-san?*

F. Thugadh an ceann dheth ann san Phriosan le Herod.

C. *Cia uime an d'rinneadh shin?*

F. Do bhri gu d'tug e achassan do Herod ar-son Herodias a bhi na mnaoi aige.

C. *Co dh'fhoilsigh breith Chriost air tus?*

F. Dh'fhoilsigh na haingil.

C. *Co dha an d'fhoilsigh iad e?*

F. Do na buachaillibh-caorach.

C. *Co thug an chead adhradh do Chriost an deigh a bbreith?*

F. Thug an triur dhaoine glic a thainic o'n aird an nearr.

C. *Cia mar bha iad air nan sdiuradh d'a ionsuidhe?*

F. Bha le reult.

C. *Co mharbh na leinnibh ag Jerusalem?*

F. Mharbh Herod.

C. *C'a uime 'n do mharbh se iad?*

F. Do bhri gu roibh duil aige Criost a mharbhagh na measg.

C. *Cia mar thearuinn eisin?*

F. Bha e air na ghiulan do'n Eiphte le Joseph, agus Muire.

C. *Ca mhead Abstol a raoghnaidh Criost?*

F. Da-

*F. Da-dheug.*

*C. Co dhibh a b'ionmhuinne leish?*

*F. Bha Join.*

*C. Co dhibh a b'eud-mhoire?*

*F. Bha Peadar.*

*C. Co dhibh a thug e leish chum a bhi nan fianaisibh air a chruth-atharracha, agus a mhor-dhorainn?*

*F. Thug Peadar Shemis agus Join.*

*C. Co dhibh a shean e?*

*F. Shean Peadar.*

*C. Co dhibh a brath e?*

*F. Brath Judas.*

*C. C'a mhead air an do reic se e?*

*F. Air deich piosa fichid airgid.*

*C. Ciod e bu doll do Judas na dheigh shin?*

*F. Chaill e dhochas, agus chroch se e-fein.*

*C. Co e an neach shin leish an do dhideagh Criost a bhi air na cheusadh?*

*F. Le Pontius Pilate an tuachdaran Romanach.*

*C. Co bhrosduigh Pilate a dheanadh?*

*F. Brosduigh na Judhuighe.*

*C. Co do na h-abstolaibh a mharbhadh air tus?*

*F. Bha Shemis.*

*C. Co dhibh a b'fhaidde mhairr beo?*

*F. Bha Join.*

*C. Co e an chead neach a chuirreadh gu bàs ar-fon Chrìost?*

*F. Bha Stephen.*

*C. Ciod e am bàs a fuair e?*

*F. Chlochadh gu bàs e.*

*C. Co e an neach shin a bha air na ithe beo le cnuimbibh?*

*F. Bha Herod, an neach shin a mharbh Shemis leish an chloidheamh.*

*C. Co e an neach shin a shaoil an Spiorad-naomb a cheannach air airgid?*

*F. Bha*

F. Bha Simon Magus.

C. *Co e an neach shin O bhi na shear-geur-leanmbuinn a dh'fhàs na shearmonaidh?*

F. Bha Pòl.

C. *Co e an neach air an d'tainic crith ag sear-moin Phòil?*

F. Bha Felix an tuachdaran Ròmanach.

C. *Co e an Rìogh shin nach mòr nach do chuirreadh a dh'fhiacha air a bhi na Chrìostuigh?*

F. Bha Rìogh Agrippa.

C. *C'uin' a Sgrìoffadh Jerusaleam araon am baille agus an teampal?*

F. Ma thuairim da fhichid bliadhna an deigh bàis Chrìost.

C. *Co leish an d'rinneadh shin?*

F. Le Titus an tuachdran Romanach.

C. *Cìod e bu doll do'n Faidhibh, agus do'n b Ab-  
stclaibh?*

F. Dh'fhuiling iad am bàs gu coitcheanna ar-son an teagaisg a thug iad feachad; bha Isaiah air na Shàbhagh a's a cheile, bha Jeremiah air na chlochadh gu bàs, bha Peadar, agus Aindrea air nan ceusadh, thugadh an ceann do Phòl agus mar shin fios.

*Na deich aitheantibh mar ata iad ann a mead-  
rachd dhàn chuammanta.*

I. **D**HUITS' na biodh Dia eille ach mi.

II. **D**Re Jomhaigh na dean guth na gnìomh.

III. Ainm do Thighearn' na lugh gu faoin.

IV. 'S an t fàboid coimdhigh tu maraon.

V. 'S urram dh'athair 's mhathair do bhreith.

VI. Na mort 's na marbh aon neach air bith.

VII. 'S o neimh-ghloin cum thu fein gun lochd.

VIII. 'S na goid ca d'bhios do staidh gu bochd.

IX. 'S o bhreagan cum do theanga glan.

X. 'S re cuidh do choimhearsnaich na buin:

*Cuidh*

*Cuididh dh'fhoirm urnuighe ar-son Cloinne araon  
air la-seachduin, agus Saboide.*

*Urnuighe ar-son maidin la Seachduin.*

**O** Dhe uille-bheannuicht', is tuffa Cruthai-fhear nan uille nithe ata air Neamh shuas, agus air thallamh a bhoss, agus rinn thu mishe chum do ghloir, agus do sheirbhis fein. A Tighearna cuiddich leam thuffa mo Chruthai-fhear a chuimhneacha ann laithibh m'òige. 'Ta mi ag aidmheil thaoibh natuir gur duine-cloinne feirg mi, agus oighre air ifrionn; ata mo chroidhe do-lubaidh chum an ni shin ata maith, agus gu huillidh ag aomadh chum an ni shin ata olc; Dhia bi trocaireach dhomhsa peacach bochd.

O Thighearna 'ta mi ag aidmheil, gu do thoill mi gu ceart-bhreitheach ifrionn, agus mur bhiodh gu d'ullamhaigh thuffa Slanai-fhear dhomh bhithinn Sgriosta cailte gu fionnuidhe: a Tighearna teafairg mi o'n fheirg ata chum teachd, air sgàth Josa Criost do mhic a leag fios anam chum mo leithids' a pheacach bochd a shàbhalacha.

Cruthaich ionnam croidhe-glan, agus ath-nuadhaich Spiorad ceart ann taobh a stigh dhìom. A Tighearna toir an croidhe cruaidh clochach uam, agus toir croidhe tiom briste dhomh ar-son mo pheacaidh. O! maith dhomh mo pheacaidh ghein, agus ghniomh gu hìomlan; glan uam iad uille le fuill Chrìost mo shlanai-fhear a ghlanas o gach peacadh.

O Thighearna teafairg mishe do ghna o liontaibh a pheacaidh agus o bhuaireibh an Diabhoil, cum mi o mhallacha, o mhionnacha, agus o bhreagan, agus o gach uille uabhar agus diamhanas, agus o mhi'-naomhacha la an Tighearna.

A



A Tighearna toir croidhe nuadh dhomh, chum 'sgu d'tugain gaol dhuits', agus do d'fhlighibh, dean feirbhiseach dhuit fein dhiom feadh uille laithibh mo shaoghail. Ullamhuich dhomh na nithe shin ata dh'sheim orm, thaoibh anama no cuirp; toir dhomh an diugh m'arran laitheil; agus dean toil-leach do mo chrannachar mi, ann 'sgach staid a chi thuffa iomchuidh air mo shon.

A Tighearna beannaich mo luchd-daimh gu hiomlan, ach gu sonraicht' mo pharantaibh, Dhia dean mishe mo dhuine-cloinne dleasdhanach dhoibh. Tha mi toirt buidheachas dhuit ar-son a churam a a ghabh thu dhiom feadh na hoich chaidh feach: A Thighearna dean fairre orm feadh an la sho, agus feadh uille laithibh mo shaoghail, agus toir gu neamh mi fa-dheoigh, chum 'sgu deannain comh-nuidhe maille reuts', gu faicinn do ghnuis, agus gu d'tugainn moladh dhuit feadh shaoghail nan saoghal trid Josa Criost. *Amen.*

*Urnuighe eille.*

**A** Dhe ro ghras-mhor, dhealbh thuffa mi ann san bhroinn agus thug thu mi gu sabhailt' as a shin: rinn thu freasdal dhomh o thainic mi chum an tshaoghail, agus ghleidh thu mi o iommad baoghal; 'smoch a thugadh suas dhuit mi ann am baisteadh. A Thighearna gabh reum mar do dhuinne-cloinne fein agus thoir dhomh porfan a measg do chloinne fein.

O! Thighearna mar chaidh mi air seachran uaits' o'n bhroinn feadh fòs gheinnidh mi ann a peacadh, agus rugadh mi ann a ciont'. A Tighearna thoir mothacha dhomh air mo pheacaidh, agus air mo thruaighe, agus leig dhomh shaicsin gu bheill mi bochd, truaillich, dall, agus ruisg a feugmhais  
 Chriost;



Chriost; O deonich dhomh m'eolas a chuirr a fteach air Crìost mo shlanai-fhear ann a laithibh m'oige; agus ionluid m'anam-peacach ann a fuaran folla mhor-luach Chriost.

O Thighearna thug thussa misneach do chloinn bheag a theachd do tionfuidhs', agus dubhairt thu gur b'ann le'n lethid-fan a bha Rìoghachd Dhe air na deanadh suas, oh! gabh mishe ann an asgail do dhìdeann, agus cum do lamh-throcaireach timchioll orm, agus beannuich mi, O! toir croidhe nuadh, agus natur nuadh dhomh; agus biodh Crìost air na dhealbh ann a m'anam. A Thighearna cuir a mach do threun-neart a rinn Creatuir-beo dhìom air thus, anois, chum Creatuir-nuadh dheanadh dhìom.

A Thighearna cum mishe o gach peacadh, agus gbàbhadh ata tathaich air cloinn òig; agus tearuinn mi o dhroch-briathraibh, 'so dhroch chuiddeachd, agus deonuich dhomh cuiddeachd a conbhail reu-fan air an bheil eagal thainmse, a Thighearna cuiddich leam bòide mo bhàistigh a chuimhneacha agus a choimhid, chum 'sgu cuirrin cul ris an tshaothal, an Diabol, agus an fheoil; agus faire do ghna nan aghaidh.

Gu ma beannuicht' gu roibh thussa O Thighearna ar-son mo chaomnadh, agus mo choimhid roimh dhorchadas na hoich a chaidh seach. A Thighearna sdiur mi feadh an la sho, agus cuiddich leam do ghna smuainteacha gu bheil do shuil uilleleirsinneachs' ag dearcadh orm an comhnuidhe, toir gliocas dhomh a smuainteacha, agus a thoirt fa-near mo chrich-dheirinnich, chum 'sgu bithinn do ghna ullamh ar-son bàis, breitheamhnais, agus siorruidheachd, agus sho uille ta mi ag achuingidh ar-son toiltinnish mo Thighearna, agus mo shlanai-fhear beannuicht' Josa Crìost. *Amen.*

*Urnuighe*

*Urnuighe ar-son feasgar la-seachduine.*

**O** Dhe ghlor-mhor uille-bheannuicht', do ghleidh agus bheathaich thu mi an diugh, agus feadh uille laithibh mo shaoghail agus thiolaic thu iomrad sochar orm creud iocfas mishe dhuit ar-son do shochair uille, agus gu sonraicht' ar-son do ghraidh ann do Mhac Josa Criost a churr a shàbhalacha peacaidh chailte, buidheachas do Dhia ar-son a thiolacadh do-insidhe.

A Thighearna fosgail mo shuile, chum 'sgu faicinn mo itaidh chailte thruagh a thaoibh natuir, an feim do-insidhe ata agam air Criost a bhi na shlanaishear dhomh, 'sgu teichinn gun mhoill a ionsuidhe chum tearmunn, Thighearna folluigh mi ann na löttaibh-fan, glan mi le na fhuill, agus sgeudduich mi le na fhirinteachd-fan.

A Thighearna oibrìdh aithreachas ionnam thaoibh Dhe, agus creiddeamh a thaoibh air Tighearna Josa Criost, O' dean aon do dheisciopla Chrìost' dhìom, air mo theagasg le na aitheantaibh, air m'fhuasgladh le na fhuill, agus air m'aomadh chum eisempleir a leanmhuinn agus gluasachd ann na cheimibh, a Thighearna toir gras dhomh gaol a ghabhail ort le m'uille chroidhe, iomradh air tainm le hurrain, do shàboidibh a choimhid le tlachd, agus t Fhocall eisdeachd le hairre.

A Thighearna toir Spiorad na h uchd-mhacachd dhomh; 'sgu gladhain *Abba Athair* agus amharc suas reutfa le muinighin, mar m'athair air neamh chum foirinn air m'uireasuibh, O dean duine cloinne umhal glic dhìom; agus toir orm fàs ann a gras, mar dh'fhàsas mi ann an laithibh, agus ann a bliadhannaibh; chum gu fuighinn do bheannachas', agus do ghean-maith o neamh a nuas, agus gu bitinn

inn mar bheannacha, agus mar fhòlas do mo pharantaibh, agus do mo luchd-daimh air thallamh.

A Thighearna beannuich mo pharantaibh, agus bi do charraid do mo chairdibh uille, agus toir maithreamhnas do mo naimhde, a Thighearna dean fairre air an teaghlach gu h-ìomlan, agus coimhid mishe trid na hoich, agus deonuich dhomh luidhe fios ann an reite re Dia; toir orm a chuimhneacha gu bheill oich an bhàis ag teachd, an uair is eigin dhomh an saoghals' fhagail, agus luidhe fios ann san uaigh: a Thighearna deassaich mi air chionn na h-uair thin, agus ullamhuich ionnad-comhnuidhe do m'anam air neamh far an fuigh mi foisn-fhiorruidhe maille reuts', agus ag feinn halelujah do'n t-ata na shuidhe air an chathair-rioghail, agus do'n uan gu futhain. Do Dhia an tathair, an Mac, agus an Spiorad-naomh, gu roibh glòir anoisn agus gu fiorruidhe futhain, *Amen.*

*Urnuighe eille.*

**A** Dhe ghras mhor uille-bheannuicht', 's mishe do chreatuir fein, obbair do làimh, 's uamhunn agus is iongantach mo dhealbh: ach mo thruaighe! chuirr mi-fein mi' loinn agus mi-dhreach orm le mo pheacaidh. Thighearna dean trocair orm-sa peacach truagh, sgrìofs mishe mi-fein, ach ionnad-sa 'ta mo comhair.

A Thighearna 'ta mi ag aidmheil gu bheill mo hochair uille ag teachd bh'uaits', ach mo thruaighbh uille ag fruthagh bh'uam-fein: O taisbeann domh mo thruaighe thaoibh leagaidh Adhama, agus m'fhuasgladh tre fuill Chrìost, a Thighearna nochd domh mead, agus lion-mhoireachd mo heacaidh, agus cuiddich leam gun mhoill teichidh a cneidhibh Chrìost chum fuaradh do m'anam cìntach; agus deonuich domh eisin a chuimhneacha

E

mar

mar m'Fhaigh, mar mo shagairt, agus mar mo Riogh. O dean toileach mi, bhi air mo theagasg le na Spiorad-san, air mo shàbhalacha le na fhuill, agus air mo riaghala le na lagh.

O Thighearna toir gras dhomh eolas a ghabhail ort, gaol thoirt dhuit, le m'uille chroidhe, intinn, agus neart, O teagasg dhomh mo shianai-shear a leanmhuinn, mo bhais-teagh a chuimhneacha, agus mo bhòidibh a choimhid; chum 'sgu cuirrin cul re gach uille neimh-dhiadhachd, agus ain-miann saoghailta, agus gu caithinn mo bheatha gu meassura, gu co'-throm, agus gu diadhaigh ann-san t'shaoghals' ata lathair agus a bhi cosmhuil re Josa, ag meadacha gach la ann an gliocas, agus ann an dheagh-ghean le Dia, agus le duine.

A Thighearna bi thussa t'athair agam: treoruidh mi ann-san t'slighe ann an coir dhomh gluasachd, agus deonuich dhomh eolas a ghabhail air na Scrioptuiribh naomha O m'òige anios. A Thighearna beannuich mo Pharantaibh, agus mo luchd-daimh uille; neartuich mishe mo dhleasdanas a dheanadh dhoibh-san, agus iadsan an ni ceadna a dheanadh dhomhsa; a Thighearna fiosruich na daoine tinn, agus gabh truas do na bochdaibh, agus do na huillidh ata ann an amh-ghar.

Bheirim buidheachas dhuit, O Thighearna, arson mo choimhid O pheacadh, O ghàbhadh, agus O chuntart, feadh an la sho: teassairg mi mar ar ceadna feadh dhorchadaish na hoich sho, coimhid mi o'n leoghan-bheiceach, ata doll timchioll do la agus dh'oich a dh'fheachain co gheibh e shlugadh suas, Thighearna ullamhaich mi air chionn bàish, agus a thoirt comhail do mo Dhia fein, O coimhid mi on lochann shin ata losgadh le teinne agus pronasfc, agus toir chum do rioghachd shior-bhuan fein mi chum 'sgu bithinn maille ris an Tighearna g  
fiorruidh



siorruidhe, air sgàth Josa Criost, agus dho-san ata maille reuts' o athair, agus a Spiorad-naomh oscionn nan uillidh, na Dhia beannuicht' gu siorruidhe.

*Amen.*

*Urnuighe ar-son maidin la an Tighearna.*

**O** Dhe ghlor-mhor uille-chumachdaich, ata mishe ag teachd chugad air mhaidin do la-fein, a thoirt adhradh dhuits' athair, a mhic, agus a Spioraid-naoimh. 'Stuffa cruthai'-fhear an tshao-ghail, slanaì'-fhearr an duine chailte, agus naom-hai'-fhear nan daoine taght', o toir gras, agus neart dhomhs' eolas a ghabhail orts', agus croidhe thoirt gaoil dhuit.

O Thighearna thiomnadh suas dhuit mi ann am baisteagh le cumhnant follamaint. Ach mo thru-aighe! 'sdearbh gu bheil mishe fealtach ann san chumhnant shin, dhi-chuimhnuidh mi Dia mo chruthai'-fhear, mo shlanai'-fhear, agus mo naom-hai'-fhear, aig an roibh ceangal orm: rinn mi feir-bhis do'n Diabhol, do'n tshaothal, agus do'n fheoil; rifs an do gheall mi diultadh. O Thighearna na toisich orm le breitheamhnas; is peacach droch-tho-ilteannach, agus ifrionnach truagh ann do lathairs' mi, agus mu chomharruichear leats' e'-ceart, cho chommasach mishe freagar do dh'aon Fhocall ann 's na miltibh.

O Thighearna na cummadh mo pheacaidh fruthan do throcair bh'uam san la diugh. Ach thig fein a nuas agus dean e na la aithreachais, agus maitheamh-nais do m'anams', athair bi reidh reums', agus ghabh chugad mi mar dhuine-cloinne dhuit fein air sgàth do mhic ionmhuinn Josa Criost ann san bheil do mhor-thoill.

O Thighearna deonuich dhomh do Spiorad fein chum m'ath-nuadhacha, agus chum m'anam marbh

a bheothacha, mo chroidhe cruaidh a mhaothcha, m'intinn dhorcha a shoilseacha, agus mo thoill cheannairceach aomadh reuts', agus re do laghro-naomha, b'ann air cho'-ainm an la diugh a dh'eirich mo shlanai-fhear O na mairbh, O nach eirichins' air an nòs cheadna o uaigh a pheacaidh an diugh, agus gluafachd maille riffin ann an nuadhachd beatha.

A Thighearna luchduich m'anam an diugh le gradh do mo shlanai-fhear, agus do Fhocall: spion mo chroidhe o'n tshaoghal, agus focraich mo mhiannaibh air nithe shuas, a Thighearna toir dhomh a chluas chum eisteachd, agus an croidhe chum tuigfin, agus biodh la ann do chuirtibhs' ni's fearr dhomh na mile la 'n aite air bith eille.

O Thighearna na leig do nithe na beatha sho an feasd doll eidir mishe agus na nithe a bheanas do m'anam: oir ciod e an tabhachd a bhiodh agam an saoghal uille a ghnòthach, mu chaillis mi m'anam fein, agus mo shlanai-fhear? gu cinteach: 's maith dhomhsa dluthacha reuts' an diugh oir theid gach neach ata fadd o laimh bh'uaits a mugh.

A Thighearna dean laithibh fàboide taitneach do dhaoine, agus doirt a nuas do Spiorad fein air Minishteribh, agus luchd-eisteachd ann san la diugh. Toir an teang' fhòluimt' do d'fheirbhishibh fein, agus fosgail croidheachibh dhaoine, a ghabhail a steach t'fhocail fein, agus gabh gu taitneach re urnuighe, agus mollaidh do phobuill fein trid Iosa Criost an t eidir-mheadhonair, agus dho-san maille reuts' Athair agus do'n Spiorad-naomh biodh gach cliu gu sìorruidhe. *Amen.*

*Urnuighe ar son feasgar la an Tighearna.*

**O** Dhe naomha ghlor-mhòr is tussa dh'eistean urnuighe, is tu tobbar na trocair, 's tu Dia mo bheaths', agus beatha m'anama: O beothaich thussa



thuffa mi chum gairm air thainm, agus mo chroidhe dhortadh a mach ann do lathair.

O Thighearna thug thuffa an la diugh, agus iommad la eille dhomh a chuimhneacha m'anama agus a dh'oibreacha a mach mo fhlaite, ach, mó thruaighe! mhi'-bhuillich mi m'uin, mhi'-naomhaich mi an t'Shàboid, agus dhi'-chuimhnich mi m'anam fein, agus mo fhlanai'-fhear. Rugadh ann a peacadh mi, agus ghluais mi ann a peacadh, agus bha mi neimh-churamach mu'n obbair fhin ar-son an do chruthaich thuffa mi. O Thighearna 's creatuir ro-chiontach mi, ata air-eamh mo pheacaidh lion-mhor, agus an gne uamhar, ach agats' ata maitheamhnas chum 's gu biodh teagals' oirn, a Thighearna bàth mo pheacaidh air an an-mochs' fein ann a cuan folla Chrìost, chum 's nach bàithe m'anams' ann an Cuan na feirg.

Buidheachas dhuits' o Thighearna arson la na Sàboide, ar-son an t foisgeul, agus ar-son Meadhonaibh na flainte, O naomhaich mo Croidhe, agus neartuich mo Mheoghair a chonbhail greim do t Fhocall: agus deonuich dhomh, ni amhain a bhi m'fhear-eisteachd an Fhocail, ach m'fhear-deanaidh an Fhocail mar an ceadna. Thighearna oibrìdh fein ionnam Creiddeamh-fior, Gradh-lasta, agus dochas-beo; o nach co'-eigineadh gaol Chrìost mi, teicheadh O na pheacadh, agus rith ann fhlighibh taitheantaibhs'.

A Thighearna deonuich dhomh air feasgar do la fein, feasgar mo bheatha chuimhneacha, agus oich a bhàish ata teannadh orm, far nach urrain aon-neach obbair sa bith a dheanadh, o nach bithinn glioc chum follar a dheanadh air chionn na hoiche hin. Agus fein a dheanadh do Chrìost mar urras t dhioladh m'ainbh-fhiach, agus mo chuntas a reith-achach, ehum 'nuair a thigin fhaghail bhàish, gu

biodh fiòth deagh-Choguisl agam, agus dochas bunaltach tachairt air an Bhreitheamh reidh reum, agus Sàboid fhiorruide mhealtuin maille re Crìost shuas, gun oich, no la eille Seachduin re teachd na dheigh.

A Thighearna beannuich air Riogh-Protèstèneach, taisbein thu fein as-leath Shion, beannuich an focall ann ionnad fa bith a bha e air na shearmonacha an diugh; na biodh e mar uisge a dhoirtear air an làr. Dhia beannuich mo Chairdean, agus toir maitheamhnas do mo Naimhdibh; dean trocair air an aittim ata fo leòn, fuasgail air na daoine tinn, air na bochdaibh, agus air an dream ata fo fhoirneart, a Thighearna dean faire orra-fan ata òg, teaffairg iad o liontaibh an Diabhoil, 's o thoilleacha-intinn na hoige, agus coimhid iad o chuiddeachd na haittim shin, ag am bheill barrachd gaoil air toilleacha-intinn na 'ta-aca air Dia.

Luigheasaich do bheannacha air mo Pharantaibh, deonuich dhoibh-fan mishe thogbhail suas ann a t eagalsa; agus neartuich mishe ghabhail r'an teagaisg-fan le gaol, agus taingeileachd. Onoir agus umhlachd thoirt dhoibh: a Dhe beannuich mo luchd-teagaisg uille, agus Craobh sgaoil eolas Chrìost feadh an t shaoghail, chum 'sgu biodh t ainm air na naomhacha, 'sgu d'tigeadh do Rioghachd, 'sgu deanthar do thoill, air an Tallamh mar nithear air Neamh: a Thighearna toir dhomh an diugh m'arran laitheil, agus maith dhomh mo pheacaidh laitheil: Saor mi o bhuirreadh, agus gabh mi a steach chum do Rioghachd-neamhaidh fein air Sgàth Josa Crìost. *Amen*

*Mineacha gairrid air Urnuighe an Tighearna, a toirt Seolaidh seachad araon Urnuighe a dheanad leis na briathara ceadna, agus air an mhad cheadna, agus chum a ghnathacha le tuigse.*

**A**IR 'n Athair ata air Neamh, deonuich dhuinne bhi 'nar Cloinn agats' gun amharas, agus teachd chugads' gach uair le Creiddeamh, agus murnighin, mar Chlann chum Athair ata ullamh, agus commafach air cuiddeacha leinn. Gu ma beanuicht' h ainmse, biodh smuaintidh mhor-urramach mu t ainm aird naomha-fa ag shealbhacha croidhe gach neach, chum 'sgu caitheamh iad faothair a bhi naomha, mar ata thuffa Thighearna naomha; teilg fios Cathair-rioghail a pheacaidh, agus an Diabhoil, agus thigeadh do Rioghachd fein; toir air gach Rioghachd, agus air gach croidhe, bhi umhal do t uachdrannachd fein, agus do d'fhlaith-rioghal cheartsa; agus deanthar do thoills' air an Tallamh le daoine, le treimh-dhireachd chroidhe, le deagh-thoill, agus le fuilbireachd, mar ata i air na deanadh air Neamh leifh na h Aingil, agus na Naoimh ghlor-mhor ata san ionnad fhin; agus do bhri nach commafach finne air do thoill a dheanadh, no Sheirbhis thoirt dhuir, gun tiolaicigh sheimeil na beathsa, Thighearna toir dhuinn an diugh air 'n arran laitheil, jodhon lon ionchuidh air ar-son, le do bheannacha-athrail, agus do ghean-maith: ach a Thighearna na cuir seachad sinn le tiolaicigh-thalmhigh a thoirt do air Cuirp bhàs-mhor, ach deonuich dhuinn beannachaidh-neamhaidh do air 'n anama neimh-bhàs-mhor, agus maith dhuinn air fiacha, agus air peacaidh ata lion-mhor oilteill, ar-son dioladh, agus toilteannas Josa Crioft air fear urraish, amhluidh mar mhaith-eas Sinne do air feicheannaibh, tre do ghraish-fe ag ainharc seachad air an e coir a ni daoine oirn, Dhia luigheafaich oirn barrachd do'n Spiorad-chriostoil, agus do'n chiunas-chroidhs': agus mar ata Sinn' ag aflacha a bhi air ar Sàbhalacha o gach peaca chaidh seach, mar an ceadna ata sinn ag aflacha a bhi air

ar

ar teassairgin uaidhe ann 'sgach am ata chum teachd: Thigearna cum sinn o pheacadh, agus na leig ann a buairreadh sinn, ach saor sinn o gach olc: o cean-  
 fuich air namhaid an Diabhol, agus cuir afs da in-  
 leachd, agus saor sinn o na peacaidh, o na liontaibh,  
 agus na cuntartaibh ata gu lion-mhor, agus gu lai-  
 theil g'ar cuartacha. O Thighearna 'ta air suil  
 reuts', fann orts' ata sinn a feitheamh chum eisteachd;  
 agus gabhail re air 'n urnuighe, do bhri gu bheil  
 thuffa treun chum air sàbhalacha, neart-mhor d'ar  
 cuideacha, agus glor-mhor ann do throcair chao-  
 imh, Athair ata air Neamh, biodh do throcair air  
 na gloracha leat ann air mor-uireasbhuidh-ne a  
 dheanadh suas, ann a maitheamhnas thoirt ann air  
 peacaidh, agus ann air saoradh o'n olc; oir is leats'  
 ambain an Rioghachd, an chumhachd, agus an  
 ghloir gu fionnuidhe. *Amen.*

*Cuid a Fhoirm urnuighe, agus buidheachais ar-son  
 Cloinne araon air thoiseach, agus an deigb bidh.*

*Air thoiseach air biadb.*

O Thighearna pheacaidh sinne a taghaidh, agus  
 air an àbhar Shin chaill sinn air còir air tiol-  
 aca air bith, gidheadh ghabh thuffa truas dhinn, a-  
 agus thug thu lòn dhuinn; a Thighearna deonuich  
 dhuinn a ghabhail gu measfara, agus le buidhea-  
 chas, agus dean Sinne le gnathacha na meadhona  
 sho na beatha, ni's iomchuidh ar-son do Sheirbhis  
 fein, trid Josa Criost. *Amen.*

*Aon eille.*

O Thighearna toir maitheamhnas dhuinn ann  
 air peacaidh, bi ann an sìochaint leinn, agus  
 atharruidhe



atharruidhe a'f an mallacha, ata a lerg air na Crea-  
tuiribh air ar-soinne, agus naomhaich na tiolaicigh  
sho chum air feim, agus deonuich dhuinn ithe, a-  
agus òl chum do ghloirs' air sgàth Chrìost. *Amen.*

*An deigh bidh.*

**B**UIDHEACHAS dhuits' o Thighearna ar-son  
Chrìost, agus ar-son gach beannacha thug thu  
dhuinn màille rìs, buidheachas dhuits' a bheathaigh  
air cuirp, ann san ams', o biodh an tiolaca sho na  
thoiseacha air tiolaicigh is mò, agus is fearr, air  
nan ullamhacha dhuinn ann an Crìost, agus deon-  
uich dhuinn faothaireacha ar-son an bhìdh nach  
teirric, ach a mhairreas chum na beatha-mhairrean-  
aigh trid Josa Crìost. *Amen.*

*Aon eille.*

**A**Dhe bheannuicht', creud iocfas finn dhuitse  
ar-son tuille thiolaicigh, 'sann annats' ata air  
bith, air beath', agus commas air gluafachd, ata  
finn beo air do fhreasdals', a Thighearna deonuich  
dhuinn a bhì beo chum do chliu, ag dearcadh air,  
agus ag miannacha beatha is fearr màille reut-fein  
shuas, trid air Tighearna Josa Crìost. *Amen.*

*Aon eille air thoiseach air biadh.*

**A**Dhe ghras-mhor ata finn ag aidmheacha gu  
bheill finn ni's lugha na chuid is lugha do d'  
thiolaicighs' uille, agus gu do thoill finn gach sòlas  
a bhì air na chonbhail air aish uain, ach gidheadh  
'ta thussa 'gar luchdacha gach la le do shochair, ata  
iad nuadh dhuinn gach maidin: A Thighearna  
beannuich iad sho do chreatuiribh a dh'altram air  
cuir p

cuirp, agus toir dhuinn arran na beatha dh'altram air 'n anamaibh, ar-son Chrìost. *Amen.*

*Aon eille.*

**O** Thighearna is creatuiribh olc, neimh-thaingeil sinn, agus bhrosduich sinn thussa ata do ghna ag deanadh maith oirn, gu ro-mhinic, agus gidheadh bheathaich thussa sinn feadh air saoghail le lòn iomchuidh air ar-son, agus fòs ag buannacha do mhaitheas leinn; o nach treorachagh do mhaitheas chum aithreachais sinn, a Thighearna na leig dhuinn do chreatuiribh a mhi-bhuilleacha, no do ghras iompadh gu huaibhreas. O na biodh air bord na dhull dhuinn, ach deonuich gu bi na fochair choitcheann sho, air nan iompadh gu fochair chumhnant' dhuinn trid Josa Crìost air slanai'-fhear. *Amen.*

*An deigh bidh.*

**O** Thighearna is tussa tobbar nan uille throcair, agus gu faibhir ag tiolacadh oirn na n uille nithe ata sinn a mhealtuin, o nach tugamaid gradh do'n shear-thabhairt, agus air beatha chaitheamh chum a ghloirfan. Cho b'fhadda gus an fàilneacha na cuirp ain-fhann sho againn, mur bhiodh gu bheil iad gu laitheil air nan conbhail suas, agus air nan uracha le do thoir-bheartas fein, o deonuich gu cum sho sinn do ghna cuimhneach air an bhàs, agus teagaisg dhuinn air beatha, air flainte, agus air neart, a chaitheamh ann a sheirbhis Dhe gu fuilbhir; ag dearcadh air Crìost, ar-son frinteachd agus neart; dho-san gu roibh gloir gu sìorruidhe. *Amen.*



## Aon eille.

**O** Thighearna na biodh air cuimhreann againn anns' na nithe sho a theid a mugh a le na gnathacha, toimheas a mach dhuinn air crannachar a measg do chloinne fein, ann a beannachaidh an Chumhnant dhaingionn shin. Agus deonuich gu toir do thiolaicigh oirn thuffa ghloracha ann san t sfaoghal, le comhradh, agus giulan riaghailteach, bi fein a do Dhia againn gu fiorruidhe futhain. Agus air fear-iuil, gus a bhàs. Toir dhuinn croidhe deoruidhe, agus coigrich air an Tallamh, chum 'sgu gluaismid, agus gu caitheamhmaid air beatha, mar an aittim shin ata duil aca re fuidhe fios air fleadh maille reuts' ag bannaish-phòsta 'n uain ann 'sna Neamhaibh shuas; agus do tainms' ann a Crìost biodh gloir shiorruidhe. *Amen.*

*Laoidh, no Dàn-spioradail ar-son Chloinn Oig.*

*A bhi air na feinn le fonn coitcheann air Sailm.*

1 **'S**TEARC, olc, laithibh an Duine fein,  
 Ag gabhail feach gu cas;  
 Mar leud na boise, no fadd feish  
 Gach feoil air feargadh afs.

2 Plantuigh Dia bhlàth 'n uair chi e fàth,  
 'S buainidh 'sgach aoish sa-leath;  
 C'a uim' ni 'n oig' monbhar gun stà,  
 'N uair ghairmhear iad a freath?

3 O nach cuimhnicht' mo Chruthai'-fhear leam,  
 Ann laithibh m'oig' le beachd,  
 O bhriathraibh olc mo theanga cum,  
 'So mhiann na hoig' mo thlachd.

4 Feuch

4 Feuch 'ta na laithibh teachd gu luath,  
Thig trioblóid air gach taobh,  
Far 'n abbair fhalbh mó fhólas uam,  
Cho'n ionnad tamh an faoghal.

5 C'a uime shirrin ionmhas fíor,  
'San ionnad nach bheill faimh,  
Ach lan do dhiamhanaísh gach tíor,  
Is amh-ghair air gach laimh.

6 Beirrear afs uam na nithibh truagh,  
'S gun annt' ach lannair fhul,  
Dearcam buan thar na neulaibh suas,  
Far bheill m'ionmhas air an cul.

7 Co agam ann sna Neamhaibh fein,  
Cho'n bheill gu leir a h aon,  
No air thallamh d'an d'tug mi speísh  
Ach thus' a Dhe ro-naómh.

8 O nach rachainn air iteig suas;  
Far bheill slanai-shear mo ruin,  
An d'tigeadh ach aon lannair uait,  
'Chuir' an saoghals' air cul.

9 Chaidh 'noísh m'fhear-saoruidh glór-mhor suas,  
Thagradh mo chuis gu fíor;  
Chrathadh Cathair-cheartaísh mu'n cuairt,  
Le fhuill ag labhairt síoth.

10 Chum an ionnad bhuan dearcam suas,  
Far 'n deachaidh Críost air 'n iul,  
A reitheachá síghe do a shluagh,  
'Sa dh'fhosgladh dorrus duint.


11 Bheirir

- 11 Bheirrir iad leish 'n uair bhi's iad thall,  
Chum fruth do dh'uisge bheo;  
Toirmar na deoir o'n fuile fann  
'S gleusfar an croidh' gu ceol.
- 12 Cho mheall aon mheas cho bhuaire aon bhean,  
'San duthaich ghlor-mhor naomh,  
Cho chealg an aith'r le mead a nimh,  
Ann Phàraish agh-mhor chaomh.
- 13 Air Crioft m'fhear-iuil leanaidh mi dlu,  
Air feachran uaidh' co d'teid;  
Bithigh mo chrìoch gu sonna ciun,  
Ma sdiuruighs' se mo cheim.
- 14 Biodh gradh, is Creiddeamh fàs gu fìor,  
Gus 'n tig m'fhear-faoruidh treun,  
Oir 's coigreach air an tallamb mi,  
Bheir Crioft mi chuige fein.
- 15 Mo bheath', mo neart, 's mo dhochas buan,  
Ann bheill mo thearmunn treun;  
Cho tuit mi, 's tu gam chonbhail fuas,  
Dhia eist gu gradd re m'eigh.
- 16 Shìn nuas do lamh shlanai-fhear mhìn,  
Is gabh mi chugad fein;  
Gu Seaffain 'n lath'r do Chathair-riogh,  
'S do ghloir dhomh gu bu leir.
- 17 Togar leam ceol re Dia nan dul,  
Suas chum a Chathair-riogh,  
Do'n triur co'-cheangailt', biodh gach cliu,  
Do'n aon neimh-roint' am briogh.

18 Gach gloir, is urram, cumhachd, 's cliu,  
 Do'n triur do-thuigs' le croidh',  
 Mar bha ag fìor-thoifeach gach iuil,  
 Biodh 'noish, 'sa rìsh gu fìor.

19 A thoirt mor-mholaidh agus cliu,  
 'N Ath'r, 'n Mhac, 's do'n Spiorad ghrinn,  
 An triur ann aon, is aon ann triur,  
 Biodh Neamh is tallamh cruinn.

## AN CHRIOCH.










Bought from the Lauriston Castle  
Library fund. 24<sup>th</sup> July 1947.



NATIONAL LIBRARY  
OF SCOTLAND  
EDINBURGH





